

# A' cur air adhart agus a' leasachadh co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana- gràin-cinnidh: sealladh farsaing

## Facal-toisich

### Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean



Thairis air na h-ochd mìosan deug a dh'fhalbh, tha tachartasan thar na cruinne air sealltainn gu làidir cho dona 's a tha neo-ionannachd anns a' chomann-shòisealta againn a tha a' toirt buaidh neo-chothromach air buidhnean Mion-chinnidh. Feumaidh sinn a-nis an cothrom seo a ghabhail gus làn thugse fhaighinn air na cùisean a tha an lùib sin agus a bhith dàna agus innleachdach ann a bhith a' toirt atharrachadh brìoghmhor is seasmhach

gu buil. Tha e deatamach dèiligeadh ris na cùisean seo, chan ann a-mhàin gus am bidh òigridh Mion-chinnidha' faireachdainn gum buin iad an seo, achgus am bidh cothrom aig ar clann agus daoine òga a bhith nan saoranaich uallach ann an Alba eadar-mheasgte agus aonaichte san àm ri teachd. Tha na cùisean seo duilich dèiligeadh riutha. Feumaidh sinn uile a bhith deònach mì-chofhurtachd fhulang agus a bhith a' ceasnachadh agus ag ath-ionnsachadh cuid de na dòighean smaoineachaидh àbhaisteach againn agus na dòighean sam bidh sinn a' dèanamh rudan.

Bidh na sgoiltean agus an Curraicealam againn a' feuchainn ri faireachdainn de bhuinteanas, in-ghabhalas agus ceartas sòisealta a chur air adhart agus a bhrosnachadh do luchd-ionnsachaidh, luchd-dreuchd agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Chan eil àite sam bith aig gràin-chinnidh ann an Alba, agus tha an siostam foghlaim againn a' toirt cothrom seachad airson ionnsachadh, deasbad agus ceannardas a chuidicheas sinn gus cur às do ghràin-cinnidh anns a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

Tha an stiùireadh ùr seo a' mìneachadh cho riatanach 's a tha e gun tèid ana-gràin-chinnidh fhighe a-steach do dh'fheallsanachd agus cleachdadh an t-siostam foghlaim againn. Air a leasachadh le Foghlam Alba ann an co-nbrachadh le raon de dhaoine òga, luchd-dreuchd foghlaim agus buidhnean le eòlas beatha air gràin-chinnidh agus eòlas air a bhith a' dèiligeadh ris, tha an goireas seo a' toirt seachad fiosrachadh, stiùireadh agus taic dheatamach do luchd-dreuchd agus luchd-dèanaimh poileasaidh.

Tha mi a' cur fàilte air a' goireas ùr seo agus na h-amasan aige agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla ri daoine òga, luchd-dreuchd agus a' choimhearsnachd foghlaim agus ana-gràin-chinnidh san fharsaingeachd agus sinn còmhla a' dèiligeadh ris na dùblain agus na cothroman a tha romhainn.

Shirley-Anne Somerville

## Facal-toisich

### Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh is Àrd-oifigear



Tha còir aig gach neach-ionnsachaidh a bhith ag ionnsachadh ann an àrainneachd chothromach far a bheil cultaran, creideamhan, dearbh-aithne agus cànanan uile air an aithneachadh agus luach ga chur annta agus far a bheil an curraicealam a' dèiligeadh gu deimhinneach ri feumalachdan eadar-mheasgte luchd-ionnsachaidh fa leth, a' nochdadh cho sònraichte 's a tha na coimhearsnachdan aca. Air an adhbhar sin tha

mi air leth toilichte an goireas seo a mholadh a tha a' cur air adhart agus a' leasachadh co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh. Tha rannsachadh ag innse dhuinn, airson mòran den chloinn agus den òigridh againn, gu bheil gràin-chinnidh na phàirt làitheil dem beatha.

Tha an goireas a' dèanamh soilleir gu bheil ana-gràin-chinnidh ann am foghlam airson a h-uile neach-ionnsachaidh, ge bith a bheil iad a' fuireach ann am fear de bhailtean-mòra na h-Alba no ann an coimhearsnachd bheag dhùthchail. Tha foghlam ana-gràin-chinnidh air a shuidheachadh ann an co-theacs a stèidhichte air còraichean, a' toirt taic do chumhachdachadh luchd-ionnsachaidh. Tha sinn air ar brosnachadh gu bhith a' meòrachadh air ar n-àite agus ar dleastanas mar luchd-foghlaim ann a bhith a' cuideachadh ar cloinne agus daoine òga a bhith misneachail a thaobh gràin-cinnidh aithneachadh anns gach riochd a nochdas e, agus deiseil seasamh na aghaidh, mar luchd-iomairt airson atharrachadh sòisealta.

Bidh an làrach-lìn co-cheangailte ris a tha ga thogail an-dràsta na fhòram luachmhòr gus goireasan curraicealaim a thaisbeanadh a bheir taic do dhòigh-obrach làn-sgoile, airson aoisean 3-18, a' daingneachadh foghlam ana-gràin-chinnidh air feadh a' churraicealaim. Bidh eisimpleirean de dheagh chleachdadh ann, a' toirt beò luachan ceartas sòisealta agus co-ionannachd às a bheil sinn moiteil sànt-siostam foghlaim Albannach againn. Seallaidh sinn còmhla gu bheil luchd-foghlaim na h-Alba dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh de gach aois a' faighinn buannachd bho dhòigh-obrach làn-sgoile a thaobh foghlam ana-gràin-cinnidh.

Gayle Gorman

## Fiosrachadh Cudromach



Tha an stuth seo mar phàirt de shusbaint [làrach-lìn](#) a tha ga togail an-dràsta.

Air an làrach-lìn bidh susbaint bhon t-sealladh fharsaing seo, smuaintean a thaobh a bhith a' daingneachadh foghlam ana-gràin-cinnidh anns a' churraicealam agus eisimpleirean cleachdaidh.

## Buidheachas

Thòisich an obair seo le beachdan bho bhuidheann-obrach de luchd-dreuchd, Foghlam Alba, CRER (Co-bhanntachd air Co-ionannachd Cinnidh agus Còraichean) agus BEMIS Alba (a' Toirt Cumhachd do Choimhearsnachdan Mion-chinnidh is Mion-chultair na h-Alba) mar fhreagairt air an Fhrèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh airson Alba aig Riaghaltas na h-Alba. An uair sin stiùir Foghlam Alba leasachadh na sgriobhainn seo le taic bho CRER agus BEMIS. Chuir raon de luchd-ùidh, mòran dhiubh nam buill de [Phrògram Co-ionannachd Cinnidh agus Ana-gràin-cinnidh ann am Foghlam Riaghaltas na h-Alba](#), an uair sin ris an obair tro bhuidhnean fòcais le daoine òga, co-roinn rannsachaидh agus beachdan luachmhor air na stuthan a bha gan leasachadh.

Bu mhath leinn taing a thoirt do na h-uile a chuir ri leasachadh nan stuthan seo.

## **Adhbhar**

Is e adhbhar an t-seallaith fharsaing seo taic a thoirt do luchd-dreuchd gus na leanas a sgrùdadh:

- Dè a th' ann an co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh?
- Carson a dh'fheumas sinn iad sin a dheasbad anns a h-uile ionad?
- Dè a dh'fheumas sinn a dhèanamh fa leth agus còmhla gus co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh adhartachadh?

Tha ceistean beachdail a' toirt cothrom don luchd-obrach uile a thigheinn còmhla gus beachdachadh air co-ionannachd cinnidh agus gràin-cinnidh mar a tha iomchaidh do cho-theacsan ionadail.

Tha comann-sòisealta na h-Alba cho mìorbhaileach eadar-mheasgte agus tha sinn uile, a h-uile duine againn, nar saoranaich agus nar luchd-ùidh co-ionann de dh'Alba. Is e ar làirsinn gum bi Alba ann an 2030 na h-àite far a bheil daoine nas fhallaine, nas toilichte agus a' faighinn urram, agus far a bheil cothroman, beairteas agus cumhachd air an sgaoileadh ann an dòigh nas cothromaiche.

'Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh airson na h-Alba 2016-30' aig Riaghaltas na h-Alba

## Clàr-innse

### Briathrachas

#### A. Co-theacs

1. Coimhearsnachdan làithreach na h-Alba
2. Dè tha sinn a' ciallachadh le cinneadh agus gràin-chinnidh?
3. Dè tha sinn a' ciallachadh le co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh?
4. Carson a tha co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh deatamach?
5. Àite Curraicealam na h-Alba
6. A bheil Alba nas Cothromaic?
7. Dè na dòighean anns a bheil clann agus daoine òga mion-chinnidh ann an Alba a' fulang gràin-chinnidh?

#### B. A' cur air adhart agus a' leasachadh co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh

1. Dleastanasan ann a bhith a' stiùireadh atharrachadh siostamach
2. Curraicealam a tha a' nochdadhbh iomadachd de na h-uile
3. Foghlam ana-gràin-cinnidh
4. Na tha dòigh-obrach stèidhichte air càraichean a' cur ri co-ionannachd cinnidh
5. A' leasachadh saoranaich chruinneil
6. A' cur luach ann an iomadachd cànanach agus ioma-chànanas
7. Pàrantan agus teaghlaichean
8. A' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh
9. Buaidh air slàinte-inntinn
10. Comas-cosnaidh agus Leasachadh an Sgioba-obrach Òig

#### Pàipearan-taice

Pàipear-taice 1	Co-chuid de Bhuidhnean Mion-chinnidh a rèir deichead SIMD
Pàipear-taice 2	Cinnidheachd Sgoilearan
Pàipear-taice 3	Inbhean proifeasant do thidsearan ann an Alba

Pàipear-taice 4  
Cinnidh

Amasan airson Foghlam anns an Fhrèam-obrach Co-ionannachd

Pàipear-taice 5

Beachdachadh air dealbhadh is lìbhrigeadh airson foghlam ana-gràin-cinnidh

### Briathrachas

- Tron sgrìobhainn seo tha an abairt Mion-chinneadh ga chleachdad gus a bhith a' toirt a-steach gach buidheann cinnidh is eitnigeach a tha air an dòn fon Achd Co-ionannachd (2010). Tha Mion-chinneadh ga chleachdad leis gu bheil e a' toirt a-steach buidhnean Mion-chinnidh fhaicsinneach agus neo-fhaicsinneach. Tuigidh sinn gu bheil daoine a bhuiteas do choimhairsnachdan Mion-chinnidh air feadh na h-Alba a' cleachdad grunn abairtean gus bruidhinn orra fhèin agus an coimhairsnachdan; nuair a chleachdas sinn an abairt fharsaing Mion-chinneadh tha sinn ag amas air a bhith a' toirt a-steach an caochladh sin. Ged a chleachdas sinn an abairt seo, tha sinn airson soilleireachadh gu bheil eòlasan choimhairsnachdan mion-chinnidh eadar-mheasgte agus eadar-dhealaichte. Chan e buidheann aon-seòrsach a tha seo. Ann an da-rìribh, tha an abairt seo a' toirt iomradh air raon eadar-mheasgte de dhaoine bho iomadh cùl-raon agus aig a bheil cnapan-starra agus eòlasan gu math eadar-dhealaichte.
- Tha 'Neach-dreuchd' ga chleachdad mar aon abairt a tha a' toirt a-steach gach neach-obrach agus inbheach a tha ag obair còmhla ri clann is daoine òga. Tha seo a' toirt a-steach luchd-cùraim cloinne, luchd-dreuchd tràth-ionnsachaidh agus càram-cloinne, tidsearan, ceannardan sgoile, manaidsearan suidheachaidhean foghlaim, luchd-obrach ionnsachaidh is leasachaidh choimhairsnachd, luchd-taic sgoile agus luchd-taic teicnigeach.
- Tha 'ionad' ga chleachdad gus bruidhinn air àiteachan tràth-ionnsachaidh is càram-cloinne, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus sgoiltean a tha a' toirt solar sònraichte do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd. Tha e cuideachd a' toirt a-steach solar ionnsachaidh is leasachaidh choimhairsnachd.
- Tha 'neach-ionnsachaidh' ga chleachdad airson bruidhinn air cloinn is daoine òga uile a tha a' frithealadh ionad foghlaim.

## A. Co-theacs

### 1. Coimhearsnachdan làithreach na h-Alba

Dh'innis cunntas-sluagh na h-Alba 2011 dhuinn gun robh còrr is 450,000 neach, 8.2%, de shluagh na h-Alba, a thuirt gun robh iad nam pàirt de choimhearsnachd Mion-chinnidh.<sup>1</sup>



Bha na co-chuidean as àirde de dhaoine bho bhuidhnean Mion-chinnidh faicsinneach a' fuireach anns na bailtean-mòra as mothà ann an Alba (Baile Obar Dheathain, Baile Dhùn Èideann, Baile Ghlaschu). Tha coltas ann gu bheil na h-àireamhan sin air atharrachadh gu mòr bho 2011 leis gu bheil àrdachadh ceithir-turais air a bhith ann am buidhnean Dubha, Àisianach agus Mion-chinnidh anns na 10 bliadhna ron àm seo<sup>2</sup>.

[Tha Pàipear-taice 1](#) a' sealltainn na h-àireimh sa cheud de bhuidhnean Mion-chinnidh a tha a' fuireach anns gach deichead SIMD. Tha an earrann '[A bheil Alba nas Cothromaire?](#)' a' comharrachadh cuid de na cnapan-starra cinnidh a tha ag adhbharachadh bochdainn.

Tha faisg air dàrna leth de chlann ann an teaghlaichean Mion-chinnidh ann an Alba an-nis ann an teaghlaichean a tha beò ann am bochdainn choimeasach agus tha an àireamh sa cheud seo air a bhith ag èirigh.<sup>3</sup>

<sup>1</sup>[Cunntas-sluagh na h-Alba 2011 'Cinnidheachd'](#)

<sup>2</sup> Walsh, D., Buchanan, D., Douglas, A. et al. (2019) 'A sìor Fhàs Eadar-measgte: Pròifilean Cinnidheachd ag Atharrachadh ann an Alba agus Glaschu agus Buaidh air Slàinte Sluaigh'. *Appl. Spatial Analysis* 12, 983–1009

<sup>3</sup> [Co-bhanntachd airson Co-ionannachd Cinnidh agus Còraichean \(2020\) 'Cinnidheachd agus Bochdainn ann an Alba 2020'](#)

Tha an Cunntas-sluaign Sgoilearan ann am [Pàipear-taice 2](#) a' toirt sealladh farsaing dhuinn air cinnidheachdan luchd-ionnsachaidh na h-Alba ann an 2019. Ged nach eil e a' toirt cunntas mionaideach air an àireimh sa cheud de luchd-ionnsachaidh Mion-chinnidh aig a bheil Beurla mar Chànan a Bharrachd tha e ag ràdh gun robh



5.5% de chlann is daoine òga a dh'fheumadh taic a bharrachd ga iarraidh mar thoradh air Beurla a bhith aca mar chànan a bharrachd<sup>4</sup>. Chan eil seo a' nochdadadh na h-àireimh iomlain de luchd-ionnsachaidh Beurla mar chànan a bharrachd oir tha rannsachadh a' dearbhadh gur e neart a th' ann an dà-chànanas no ioma-chànanas seach feum air taic. Thug an aon sgrìobhainn seo fianais gu bheil ceud caogad 's a ceithir cànanan air am bruidhinn ann an dachaighean luchd-ionnsachaidh na h-Alba.

## 2 Dè tha sinn a' ciallachadh le cinneadh agus gràin-chinnidh?

### Ciamar a tha cinneadh air a mhìneachadh san lagh?

Anns an Achd Co-ionannachd (2010)<sup>5</sup>, faodaidh cinneadh a bhith a' ciallachadh dath no nàiseantachd. Faodaidh e cuideachd a bhith a' ciallachadh tùsan cinnidheach no nàiseanta, a dh'fhaodadh nach eil ionann ri nàiseantachd làithreach.

### Dè tha daoine a' ciallachadh le cinneadh mar as trice?

Tha cinneadh tric ceangailte ris a' bheachd gun gabh daoine a roinn ann am buidhnean eadar-dhealaichte stèidhichte air feartan corporra a thathas a' saoilsinn a th' aca sa chumantas leithid dath craicinn, cruth sùla, msaa. Tha am facial cinneadh air a bhith ga chleachdadhus bruidhinn air buidhnean le cànan coitcheann (an 'cinneadh Laidinn'), buidhnean creideimh (an 'cinneadh lùdhach'), agus buidhnean le glè bheag fheartan, no gun fheartan idir a tha eadar-dhealaichte bho na daoine mun cuairt orra (an 'cinneadh Èireannach').

### Dè bhios luchd-saidheans ag ràdh?

Ged a tha cuid de dhaoine fhathast a' smaoineachadh air cinneadh mar shluagh le feartan corporra coitcheann a tha eadar-dhealaichte bho shluaghan eile, sheall rannsachadh saidheansail san 20mh linn nach eil atharrachaidhean corporra daonna a' freagairt air modail

<sup>4</sup> Riaghaltas na h-Alba 'Sgoilearan ann an Alba 2019 Air ùrachadh luchar 2020'

<https://www.gov.scot/publications/pupil-census-supplementary-statistics/>

<sup>5</sup> Achd Co-ionannachd 2010 c. 15 Pàirt 2 Caibideil 1 Earrann 9 - Tha cinneadh a' gabhail a-steach—(a)dath; (b) nàiseantachd; (c) tùs eitneach no nàiseanta.

'cinnidh'. An àite sin, tha atharrachaidhean corporra daonna buailteach air a dhol thairis air a chèile.

'Chan eil fianais sam bith ann gu bheil dearbh-aithne ginteil sònraichte sa chumantas aig na buidhnean ris an can sinn "cinnidhean". Gu dearbh, tha barrachd eadar-dhealachadh ginteil taobh a-staigh bhuidhnean ris an can sinn cinnidhean na tha eadar buidhnean. A dh'aindeoin cheanglaichean ri feartan uachdarach leithid dath craicinn, chan eil crìochan soilleir ann far a bheil aon chinneadh a' tòiseachadh agus fear eile a' tighinn gu crìch.'

Ionad air Leasachadh a' Phàiste, Oilthigh Harvard (2021)<sup>6</sup>

Tha luchd-saidheans air dearbhadh gu bheil e meallta a ràdh gum faodar daoine a sheòrsachadh ann an diofar chinnidhean stèidhichte air am bith-eòlas. Tha cunnartan slàinte a b' àbhaist a bhith ceangailte ri cinneadh a-nis air an ceangal ri buaidh gràin-cinnidh<sup>7</sup>.

An àite sin thathar a' gabhail ris gur e bun-bheachd sòisealta a th' anns an t-seòrsachadh seo ann am buidhnean cinnidh, sin, rud a tha ann an inntinn dhaoine a-mhàin. Mar eisimpleir tha na daoine a th' air an seòrsachadh 'Geal' no 'Dubh' air atharrachadh thar ùine mar a tha beachdan air atharrachadh.<sup>8</sup>

### Co às a thàinig am beachd air cinnidhean?

Thòisich am beachd air buidhnean cinnidh a' fàs anns an 17mh linn nuair a thòisich Eòrpaich a' siubhal gu diofar àiteachan agus a' stèidheachadh cholonaidhean. Nochd cinneadh mar bhun-bheachd a chleachdadhairson fòirneart fhìreanachadh ri daoine a bha air am meas neogheal, agus mar a bhathas a' gabhail brath orra agus gan cur fo smachd.

Aig àm ìmpireachd Bhreatainn, bha fèill mhòr air teòiridhean gum faodadh daoine a bhith air an roinn ann am buidhnean 'cinnidh'. Bha na teòiridhean sin, ged a bha iad ceàrr, ga dhèanamh nas phasa do Bhreatannich leigeil orra nach robh brùidealachd tràilleachd agus colonaidheachd cho dona. Bha 'cinnidhean eile' air an sealtainn mar dhaoine ìosal, eadhon neo-dhaonna, agus feumach air 'cuideachadh' bho Bhreatainn. Thug seo buaidh air na gnàth-iomhaighean cinnidh a chì sinn an-diugh, far a bheilear a' dèiligeadh gu tric ri daoine Mion-chinnidh mar gu bheil iad 'eadar-dhealaichte' an coimeas ris a' choimhairsnachd gheal 'àbhaisteach' Albannach. Tha am beachd seo air eadar-dhealachadh agus rangachadh na bhunait air gràin-chinnidh<sup>9</sup>.

<sup>6</sup> [Ionad air Leasachadh a' Phàiste \(2021\) 'A' gluasad Suas: A' cur Dùbhlan ri Gràin-chinnidh gus Comas Chloinne a Chomasachadh' Oilthigh Harvard](#)

<sup>7</sup> Hackett, R.A., Ronaldson, A., Bhui, K. et al. Claon-bhreith Cinnidh agus Slàinte: sgrùudadh air adhart air mion-chinnidhean eitneachsan Rioghachd Aonaichte. *BMC Public Health* **20**, 1652 (2020). <https://doi.org/10.1186/s12889-020-09792-1>

<sup>8</sup> Gheibheareisimpleirean practaigeach de na h-atharrachaidhean sin ann an [Sòisio-eòlas Cinnidh – An Sòisio-eòlaiche Eile anns an earrann 1.1 Bun-bheachd Sòisealta de Chinneadh](#)

<sup>9</sup> Co-bhanntachd airson Co-ionannachd Cinnidh agus Còraichean/Respectme (2018) '[A' cur Aghaidhri in-ghabhalas: A' toirt Dùbhlan Èifeachdach do Ghràin-chinnidh annan Sgoiltean'](#)

Tha cinneadh cuideachd air buaidh a thoirt air poileasaidh in-imrich Bhreatainn. Mar eisimpleir, chuir Achd Nàiseantachd Bhreatainn 1981 às do sheann shaoranachd na RA agus nan Colonaidhean ann an dòigh a thug inbhe ùr de 'shaoranach Breatannach' gu fèin-ghluasadach do dhaoine geala ach gu tric cha tugadh e ach a rèir chumhaichean do daoine dubha is Àsianach a bha roimhe seo nan saoranaich Bhreatannach; lean sgainneal Windrush.<sup>10</sup>.

Ged nach eil bunait bith-eòlais aig a' bhun-bheachd air cinnidh, tha gràin-chinnidh na shiostam de sheòrsachadh sòisealta a tha na bhuanachd do bhuidhnean sònraichte de dhaoine agus a tha na ana-cothrom do bhuidhnean dhaoine eile. Tha buaidh mhòr air a bhith aig an t-seòrsachadh shòisealta a thàinig à seo agus tha e air milleadh ana-mhòr a dhèanamh.

'tha fior bhuil aig cinneadh *oir* chaidh roinnean cinnidh a chruthachadh a dh'aona-ghnothach airson neo-ionannachd a dhaingneachadh.'


Dr Zuleyka Zevallos<sup>11</sup>

Tha an siostam seo de sheòrsachadh sòisealta stèidhichte air cinneadh air leantainn gu pribhleid gheal: seo na buannachdan a gheibh neach gu fèin-ghluasadach seach gu bheil iad geal, ann an comann-sòisealta a tha air a dhealbhadh timcheall air an t-sealladh saoghal aig buidheann mòr-chuid ghil.<sup>12</sup>

### Dè tha daoine a' ciallachadh le cinnidheachd?

Is e buidheann cinnidheach buidheann dhaoine a tha ceangailte ri chèile le feartan sònraichte a tha aca sa chumantas; dh'faodadh iad sin a bhith a' toirt a-steach cànan, cultar, eachdraidh, beul-aithris, ideòlas, tùs nàiseanta, nàiseantachd no sinnsearachd.

### Dè th' ann an gràin-chinnidh?



<sup>10</sup> Holloway, L. '[Saoranachd Bhreatannach agus ginealach Windrush](#)' Urras Runnymede

<sup>11</sup> [Sòisio-eòlas Cinnidh – An Sòisio-eòlaiche Eile](#)

<sup>12</sup> CRER (2016) '[Ag atharrachadh a' Pharadaidhm co-ionannachd Cinnidh: Prìomh bhun-bheachdan airson poileasaidh poblach, sòisealta agus ea grachaидh](#)'

### *Gràin-chinnidh eadar-phearsanta*

Claon-bhàidh, gnìomhan dhaoine fa leth agus giùlan leth-bhreitheadh far a bheil neach a' dùanamh breithneachadh mu chomasan, adhbharan agus rùintean dhaoine eile stèidhichte air cinneadh. Faodaidh an claon-bhàigh seo leantainn gu gnìomhan an-iochdmhor (m.e. cainnt gràin-cinnidh) agus gnìomhan gun fhiosta a dh'ionnsaigh neach no buidheann dhaoine.

### *Gràin-chinnidh air an taobh a-staigh*

Tha seo a' tachairt mar thoradh air teachdaireachdan subliminal mu cho suarach 's a tha cuid de chinnidhean agus cho uasal 's a tha cuid eile anns a' chomann-shòisealta. Faodaidh seo ciallachadh gu bheil muinntir Mion-chinnidh a' creidsinn theachdaireachdan àicheil mu na comasan aca fhèin agus an luach aca.

### *Gràin-chinnidh institiuideach*

Nuir a bhios institiuidean agus buidhnean a' dùanamh leth-bhreith an aghaidh muinntir Mion-chinnidh gus na càraichean aca a chuingealachadh. Mhìnich aithisg Rannsachaidh Stephen Lawrence e mar:

'Fàilligeadh coitcheann ann am buidheann a bhith a' toirt seirbheis iomchaidh is phroifeasant do dhaoine air sgàth an dath, an cultair no an tùs cinnidheach. Tha e ri fhaicinn no ri lorg ann am pròiseasan, beachdan agus giùlan a tha a' dùanamh leth-bhreith tro chlaon-bhàigh gun fhiosta, aineolas, dìth smaoineachaидh agus gnàth-ìomhaighean gràin-cinnidh a tha na ana-cothrom do dhaoine ann am Mion-chinnidhean.'(6.34)

### *Gràin-chinnidh structarach*

Tha seo a' toirt iomradh air na structaran, gnìomhan agus creideas an eacnamaid, poilitigeach, sòisealta agus cultarail a bhios a' daingneachadh roinneadh neo-chothromach de phribhleid, ghoireasan, sàbhailteachd agus cumhachd gu buannachd na prìomh bhuidheann cinnidh aig cosgais gach buidheann cinnidh eile. Tha mar a tha àireamh mì-chuimseach àrd de chuid de bhuidhnean Mion-chinnidh ann am bochdainn, cion-cosnaidh agus bàs co-cheangailte ri Covid na eisimpleir air seo.

### **Agus mu dheireadh, a bheil xenophobia ionann ri gràin-chinnidh?**


*'Is e Xenophobia eagal is fuath ro choigrich, ach tha ciall nas fharsainge aig gràin-chinnidh a' toirt a-steach creideas gu bheil eadar-dhealachaidhean cinnidh a' ciallachadh gu bheil aon chinneadh sònraichte nas uaisle na càch. Ged a tha iad coltach ri chèile, tha iad eadar-dhealaichte gu leòr 's gu bheil*

e comasach do neach a bhith an dà chuid a' nochdadhs xenophobia agus gràin-chinnidh'.<sup>13</sup>

Gheibhear fiosrachadh mu chinneadh agus gràin-chinnidh [an seo](#).

### 3. Dè tha sinn a' ciallachadh le co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh?

Chaidh dà bhun-bheachd eadar-cheangailte a bhuineas ri foghlam co-ionannachd cinnidh a shoilleireachadh le Rowena Arshad (faic am modail gu h-iosal).<sup>14</sup> Tha aon bhun-bheachd a' smaoineachadh air co-ionannachd cinnidh mar thomhas toraidh a tha a' measadh a bheil beàrnan co-cheangailte ri coileanadh agus buileachadh air an lùghdachadh no air an cur às uile gu lèir. Tha an dùrna bun-bheachd a' thoirt iomradh air riatanas moralta a bhith ag oideachadh gach neach-ionnsachaидh gus nach dèan iad leth-bhreith air sgàth cinnidh.



Figear 1 stèidhichte air Richardson 2003, Arshad, 2013<sup>15</sup>

O chionn ghoirid tha an teirm 'foghlam ana-gràin-cinnidh' air a bhith ga chleachdadhs airson cunntas a thoirt air ionnsachadh a tha ag obair gu for-ghniomhach gus casg a chur air agus dùbhlans a thoirt dha gràin-chinnidh nar comann-sòisealtsa.<sup>16</sup>

Mar sin feumaidh foghlam co-ionannachd cinnidh taic a thoirt do dh'eòlas foghlaim far a bheil gach pàiste is neach òg a' soirbheachadh agus a' fàs, ann an àrainneachd a tha gu gnìomhach a' cur air adhart co-ionannachd agus a' dèiligeadh ri gràin-chinnidh.

<sup>13</sup> [Xenophobia vs. Gràin-chinnidh: A' mìneachadh an Eadar-dhealachaidh | Merriam-Webster](#)

<sup>14</sup> Arshad, R. and Moskal, M. (2016) Co-ionannachd Cinnidh agus Foghlam Sgoile na h-Alba A' dèanamh cinnteach gur e òigridh an latha an-diughsaoranaich mhisneachail a-màireach

<sup>15</sup> Arshad, R. (2013). Co-ionannachd Cinnidh annam Foghlam na h-Alba. In T. G. K. Bryce, W. M. Humes, A. Kennedy, & D. Gilles (Eds.), *Scottish Education: Referendum* (Ceathramh eagran). Edinburgh University Press

<sup>16</sup> Riaghaltas na h-Alba <https://www.gov.scot/groups/race-equality-and-anti-racism-in-education-programme-stakeholder-network-group/>

## 4. Carson a tha co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh deatamach?

Tha foghlam ana-gràin-cinnidh a' toirt cumhachd do chlann is daoine òga a dhol an sàs ann an saoghal a tha a' sìor fhàs eadar-mheasgte agus cruinneil, far am faod daoine a bhith aonaichte nan daonnachd chumanta agus air an neartachadh leis an iomadachd aca.

- Tha e a' toirt cumhachd do luchd-ionnsachadh an tuigse a leasachadh air na luachan, creideasan agus cultaran aca fhèin agus luachan chàich.
- Bidh foghlam ana-gràin-cinnidh a' cuideachadh cloinne gus na còraichean aca fhèin agus còraichean dhaoine eile san sgoil, sa choimhairsnachd agus air feadh na cruinne a thuigsinn agus a choileanadh<sup>17</sup>.
- Bidh foghlam ana-gràin-cinnidh a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus buaidh chronail gràin-cinnidh a thuigsinn agus dùbhlan a thoirt dha ge brith càite bheil e a' tachairt.<sup>18</sup>.
- Tha e a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd ionnsachaidh sàbhailte agus in-ghabhalach, gun neo-ionannachd cinnidh no gràin-chinnidh sam bith.<sup>19</sup>.
- Bidh e ag àrach mothachadh air eachdraidh ann an luchd-ionnsachaidh a chuidicheas iad a' tuigsinn eachdraidh na h-Alba gu h-iomlan, a' gabhail a-steach ar pàirt ann an ìmpireachd, colonaidheachd agus tràilleachd thar a' Chuain Shiar, agus iomadachd comann-sòisealta na h-Alba san àm a dh'fhalbh.<sup>20</sup> Cuidichidh e luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn mar a tha eachdraidh colonaidheachd na h-Alba a' cluich pàirt nam beatha làitheil, ag aithneachadh soirbheachas agus buaidh dhaoine Mion-chinnidh ann an eachdraidh, a thaobh eachdraidh na h-Alba agus na cruinne.
- Tha foghlam co-ionannachd cinnidh a' toirt cothrom don h-uile neach-dreuchd na luachan proifeasanta aca a chur an gnìomh (faic [Pàipear-taice 3](#)).
- Tha an Achd Co-ionannachd (2010)<sup>21</sup> a' cur dleastanas air sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail cur às do leth-bhreith mhì-laghail, sàrachadh agus fòirneart an aghaidh luchd-ionnsachaidh le feartan dìonta, a' toirt a-steach cinneadh, agus gus co-ionannachd chothroman adhartachadh eadar daoine aig a bheil feart dìonta agus an fheadhainn aig nach eil agus gus deagh dhàimhean àrach eatorra.

<sup>17</sup> Save the Children '[Geàrr-chunntas den UNCRC](#)'

<sup>18</sup> Mar a chaidh a mhìneachadh ann an lagh eadar-nàiseanta le Artaigil 1 den Chunnradh Eadar-nàiseanta air Cur às do Gach Seòrsa Leth-bhreith Cinnidh. Àrd-sheanadh Coitcheannan nan Dùthchannan Aonaichte, Cunnradh Eadar-nàiseanta air Cur às do Gach Seòrsa Leth-bhreith Cinnidh, 21 Dùblachd 1965, Na Dùthchannan Aonaichte, Sreath Chùmhnantan, leabhar. 660, td. 195: 'Artaigil 1. Anns a' Chunnradh seo, tha an abairt "leth-bhreith cinnidh" a' ciallachadh eadar-sgaradh, toirmreasg, cuingealachadh no roghainn sam bith stèidhichte air cinneadh, dath, sliochd, no tùs nàiseanta no cinnidheach'.

<sup>19</sup> Riaghaltas na h-Alba (2016), "Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidhairson na h-Alba 2016-30"

<sup>20</sup> Aithisg Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Cur às do Leth-bhreith Cinnidh(2016) don Rìoghachd Aonaichte agus Èirinn a Tuath

<sup>21</sup> <https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/what-equality-law-means-for-you-as-an-education-provider-schools/>

Tha co-ionannachd cinnidh agus beachdachadh air ana-gràin-chinnidh ann am foghlam deatamach anns a h-uile ionad air feadh na h-Alba, ge brith càit a bheil e.

## 5. Àite Curraicealam na h-Alba

Tha [an Curraicealam airson Sàr-mhathais](#) air a dhealbhadh airson taic a thoirt do chlann is daoine òga gus an t-eòlas, na sgilean agus na feartan a tha a dhìth airson beatha san 21mh linn fhaighinn, a' toirt a-steach sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair. Thathas gu tric a' toirt geàrr-chunntas air adhbhar a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais mar thaic do chlann is òigridh na h-Alba a bhith nan luchd-ionnsachaид soirbheachail, nan daoine misneachail, nan saoranaich earbsach agus nan com-pàirtichean èifeachdach.

Tha co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh ag aithneachadh gu bheil ar luchd-ionnsachaид san 21mh linn ann an coimhearsnachd ioma-chultarach, ioma-chreideasach agus cruinneil agus mar sin, gum feum iad leasachadh mar shaoranaich chruinneil, le tuigse air gràin-chinnidh structarach, mar a bheir e buaidh air an t-saoghal againn agus mar a gheibhear buaidh air. Tha e a' cuideachadh le bhith a' leasachadh chomasan eadar-chultarach: na beachdan, na sgilean agus an t-eòlas a dh'fheumar gus eadar-obrachadh gu deimhinneach agus le misneachd le daoine a tha sinn a' meas 'eadar-dhealaichte' bhuainn ann an dòigh air choreigin, agus gu sònraichte far a bheil an t-eadar-dhealachadh air sgàth cinnidheachd.<sup>22</sup>

Thathas a' tuigsinn gu bheil am facial 'curraicealam' a' ciallachadh an ionnsachaيد uile a tha air a dhealbhadh airson clann is daoine òga air feadh an cuid foghlaim agus chan e a-mhàin na thachras anns an t-seòmar-sgoile. Tha ceithir co-theacsan ionnsachaيد air an comharrachadh: raointean agus cuspairean curraicealaim; ionnsachadh eadar-chuspaireil; feallsanachd agus beatha na sgoile agus cothroman airson coileanadh pearsanta. Air an adhbhar sin, tha buileachadh a-mhàin na fhòcas ro chumhang airson soirbheachas ar luchd-ionnsachaيد Mion-chinnidh a thomhas. Feumaidh sinn faighneachd a bheil ar luchd-ionnsachaيد a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach agus gu bheil luach ga chur annta agus a bheil farsaingeachd a' churraicealaim a' freagairt air feumalachdan eadar-mheasgte luchd-ionnsachaيد fa-leth agus a' nochdadh cho sònraichte 's a tha coimhearsnachdan luchd-ionnsachaيد<sup>23</sup>. Tha misneachd gach neach-ionnsachaيد air a thogail nuair a tha an dualchas agus an cultar aca gan aithneachadh is gan sgrùdadh air stèidh cho-ionann, agus an aon mheas is luach ga thoirt dhaibh.

<sup>22</sup> CRER (2016) 'A' cur Deagh Dhàimhean air adhart: Dòighean-obrach Ùra, Fuasglaidhean Ùra' Td.16

<sup>23</sup> Curraicealam airson Sàr-mhathais aig Foghlam Alba air ùrachadh

## 6. ‘A bheil Alba nas Cothromaiche?’

Tha an aithisg, ‘A bheil Alba nas Cothromaiche?’<sup>24</sup> na ath-bhreithneachadh coileanta air mar a bha Alba a’ coileanadh air co-ionannachd agus càraichean daonna ann an 2018. Thug e fa-near gun robh buileachadh cuid de luchd-ionnsachaидh Mion-chinnidh mòran nas àirde na a’ chuibheasachd nàiseanta ach nach do rinn cuid de bhuidhnean leithid luchd-ionnsachaидh Siopsach/Luchd-siubhail cho math. Ach, aig a’ cheann thall, fhuair oilleanach Mion-chinnidh ìrean nas isle anns na ceuman aca.

Tha staitistearachd<sup>25</sup> a’sealltann cho anabarrach cudromach ‘s a tha e dàta a bhriseadh sìos a rèir buidhne eitnigich nuair a thathas a’ beachdachadh air diofar choimhairsnachdan Mion-chinnidh. Tha e cuideachd a’ sealltann nach eil ann an deagh choileanadh san sgoil ach pàirt den chùis; chan eil an soirbheachadh seo an-dràsta a’ leantainn gu na cothroman beatha leasaichte ris a bhiodh dùil do luchd-ionnsachaидh anns na Buidhnean Mion-chinnidh seo.

## 7. Dè na dòighean anns a bheil clann agus daoine òga Mion-chinnidh ann an Alba a’ fulang gràin-chinnidh?

Chan eil tomhas mòr de rannsachadh ann air eòlasan luchd-ionnsachaيدh Mion-chinnidh thar an dà dheichead a dh’fhalbh ach tha e a’ nochdad, don luchd-ionnsachaيدh sin, eadhon ged nach eil iad nam pàirt de mhion-bhudheann fhaicsinneach, gu bheil gràin-chinnidh na phàirt den bheatha làitheil aca.<sup>26,27</sup>

Rinn Hopkins et al<sup>28</sup> sgrùdadhbh air 328 daoine òga bho raon de chinnidhean, nam measg Albannaich gheala, a bha a’ fuireach ann an Alba. Fhuair iad a-mach gun robh a’ chuid ro-mhòr de na daoine òga san sgrùdadhbh deimhinneach mu iomadachd cinnidh is creideimh; bha buidhnean càirdeis làidir eadar-creideimh agus ioma-chinnidh aig mòran ged a bha cuid de buidhnean nas dealaichte. A thaobh gràin-cinnidh, thug daoine òga Mion-chinnidh cunntas air dòighean anns an robh iad air an seòrsachadh agus air am faicinn mar ‘Eile’<sup>29</sup> a rèir blas-cainnte, dath, creideamh, èideadh, nàiseantachd agus cinnidheachd. Dh’fhuiling iad tàthagan cinnidh cho math ri seòrsachan gràin-cinnidh a chaidh aithneachadh o chionn ghoirid leithid islamophobia (claon-bhreith an aghaidh Mhuslamach), beachdan an aghaidh in-imrich agus neo-fhulangas creideimh. Cha robh na daoine òga Mion-chinnidh a’ faireachdai gun do dh’fhuiling iad mòran gràin-chinnidh follaiseach ach dh’fhaodadh iad uile mòran eisimpleirean a lorg de ghràin-cinnidh làitheil a bha iad air fhaicinn. Thug mòran cunntas air

<sup>24</sup> Coimisean Co-ionannachd is Còraichean Daonna (2018) [Abheil Alba nas cothromaiche?](#)

<sup>25</sup> Riaghaltas na h-Alba (2020) [‘Geàrr-chunntas Staitistearachd airson Buileachadh agus Ciad Chinn-uidhe Fàgail, Àir. 2. Earrann 4.4 Buileachadh a-rèir Feartan Sgoilearan’](#)

<sup>26</sup> Insight 16 (2005) ‘Eòlas Sgoilearan Mion-chinnidh air an Sgoil ann an Alba’

<sup>27</sup> Inter-cultural Youth Scotland agus Guyan K 2019 ‘[Beachdan agus Eòlasan òigridh Dhubha, Àisianach is Mion-chinnidh ann ansgoiltean na h-Alba’](#)

<sup>28</sup> [Hopkins P, Botterill K, Sanghera G, Arshad R. \(2015\) ‘Creideamh, cinnidheachd, àite: geo-poilitigs làitheil òigridh na h-Alba’. Newcastle upon Tyne: Oilthigh Newcastle](#)

<sup>29</sup> Iomradh Oxford - Tha eile/eileachadh a’ ciallachadh a bhith a’ cur neach no buidheann air an taobh a-muigh agus/noan aghaidh na thathara’ meas an àbhaist

meanbh-shàrachadh<sup>30</sup> agus na dòighean seòlta anns an deach an toirt gu bhith a' faireachdainn eadar-dhealaichte le tòna guth no giùlan cuideigin. Mar as trice bha gràin-chinnidh fosgailte ann an àiteachan poblach far an robh luchd-càinidh air a bhith ag òl no a' gabhail dhrogaichean. Ann an sgoiltean, bha cainnte gràin-cinnidh nas cumanta sa bhun-sgoil agus iùre ìosal na h-àrd-sgoile. Thug cuid cunnatas air gràin-chinnidh an aghaidh Mhuslamach cuideachd; bhathas a' faireachdainn gun robh seo a rèir gnè<sup>31</sup> leis gun robh caileagan a' caitheamh hijab no niqab na chomharra nas fhaicsinniche de bhith nam Muslamach.

Bha òigridh Mion-chinnidh a rugadh ann an Alba a' faireachdainn gu làidir gur e Albannaich a bh' annta ach fhuair cuid a-mach nach robh iad air am faicinn mar Albannaich air sgàth dath an craicinn. Mar eisimpleir thuirt fear òg Breatannach Bangladeshi,

‘Canaidh iad ‘thalla air ais chun na dùthcha agad fhèin’ agus tha mise ag ràdh      “S e seo mo dhùthaich, tha mi air a bhith a’ fuireach an seo fad mo bheatha.’ (Hopkins 2015, Td.20)

Bha eòlasan gràin-cinnidh mar sin uaireannan a' milleadh faireachdainn buinteanais dhaoine òga, a' toirt orra a bhith a' faireachdainn air an dùnad a-mach agus gràinichte.

Fhuair Arshad agus Moskal<sup>32</sup> gun robh e cumanta do dhaoine òga a bhith a' fulang mì-aithneachadh; sin daoine a' tighinn gu co-dhùnadh mu chuideigin air sgàth dath an craicinn no an tùs nàiseanta aca. Bhathar tric den bheachd gu robh aon bhalach Àisianach, mar eisimpleir, na Mhuslamach ach b' e Caitligeach a bh' ann. Tha Arshad agus Moskal ag argamaid gun dèan e cron air daoine ma dh'fheumas iad a bhith an-còmhnaidh a' cur an aghaidh nam mearachdan sin agus gum faod e sunnd a mhilleadh:

‘Tha e glè choltach nach bi daoine nach do dh'fhuiling am mì-aithneachadh seo a' tuigsinn cho sàrachail 's a tha e a bhith a' sìor-cheartachadh mì-aithneachadh no fiù's ga fhubhagach latha dhed beatha.’ Td.4

Ann an ceisteachan gu ceud leanabh is neach òg Muslamach Albannach, Iorg Dean<sup>33</sup> gun robh Islamophobia (claon-bhàidh an aghaidh Mhuslamach) cumanta ach nach robhas buailteach air tachartasan innse do thidsearan. Cha robh mòran earbsa aig luchd-ionnsachaидh gun dèiligeadh tidsearan gu h-èifeachdach ris na tachartasan seo.

---

<sup>30</sup> Faclair Oxford: is e meanbh-shàrachadh cainnte, gniomh no tachartas a tha air fhaicinn mar eisimpleir de leth-bhreith neo-dhìreach, seòlta no gun fhiosta an aghaidh bhuidheann air an iomall leithid miobhuidheann cinnidh no eitnigeach.

<sup>31</sup> Faclair Oxford: tha a rèir gnè a' ciallachadh a bhith a' buntainn ri no mu dheidhinn dhaoine de aon ghnè a-mhàin.

<sup>32</sup> Arshad, R., & Moskal, M. (2016). Co-ionannachd Cinnidh agus Foghlam Sgoile na h-Alba: A' dèanamh cinnteach gur e òigridh an latha an-diugh saoranaich mhisneachail a-màireach. Pàipear-fiosrachaidh IAA, Dùn Èideann-Glaschu

<sup>33</sup> Dean, S. (2016) 'Islamophobia ann an Sgoiltean Dhùn Èideann'

<https://www.sacc.org.uk/articles/2017/islamophobia-edinburgh-schools>

Thòisich Intercultural Youth Scotland (IYS) suirbhidh air-loidhne<sup>34</sup> de 110 dhaoine òga Mion-chinnidh bho àrd-sgoiltean na h-Alba a lorg gun robh fireannaich gu math nas buailtiche na boireannaich aontachadh gun robh an sgoil aca a' cur air adhart cultar aoigheil agus eadar-mheasgte. Bha còrr 's an dàrna leth de na fireannaich agus cuibhreann na b' àirde de bhoireannaich a' faireachdann nach robh luchd-ionnsachaidd eile a' tuigsinn an cultair, an dualchais no an eachdraidh. Bha mòran den luchd-fhreagairt nach robh a' faireachdann gun robh luchd-obrach na sgoile a' tuigsinn an cultair, an dualchais no an eachdraidh (63.7% de luchd-freagairt boireann agus 40% de luchd-freagairt fireann). A bharrachd air sin bha còrr air dàrna leth de luchd-freagairt boireann nach robh a' faireachdann gu robh tidsearan a' tuigsinn nan dùbhlann co-cheangailte ri gràin-chinnidh agus leth-bhreith. Bha còrr is 40% den luchd-fhreagairt ann (40.3% boireann agus 43.3% fireann) a dh'aontaich no a dh'aontaich gu làidir ris an aithris 'Chaidh tidsearan aig an sgoil agam às àicheadh gu bheil cnapan-starra a bharrachd aig daoine bho chùl-raon BAME' a' leigeil fhaicinn nach robh mòran de luchd-ionnsachaidd a' faireachdann gun robh na tidsearan aca a' tuigsinn na buaidh a tha aig gràin-chinnidh air luchd-ionnsachaidd Mion-chinnidh. Bidh Eòrpach an Ear mar an ceudna a' fulang 'gràin-chinnidh làitheil' bho ainmean magail, 'fealla-dhà' agus 'sgeigeireachd' mu blascainnte, coltas no an dùthaich às an tainig iad, gu ionnsaighean corporra air daoine òga, buill an teaghlaich agus milleadh air an dachaighean no an cuid seilbh. Tha na tachartasan sin a' toirt a-steach ionnsaighean aghaidh ri aghaidh agus air loidhne.<sup>35</sup>

Chaidh eachdraidh gràin-cinnidh an aghaidh diofar bhuidhnean de Luchd-siubhail Siopsach a chlàradh thar ùine. Fhuair sgrùdadadh air<sup>36</sup> clann Shiopsach ann am bun-sgoiltean ann an Glaschu agus Lunnainn gun do fhuiling iad iomadh seòrsa giùlan gràin-cinnidh, claon-bhàidh agus leth-bhreith an dà chuid sa choimhearsnachd ionadail aca agus san sgoil. Bhathar a' faireachdann gun robh dìth eòlais thidsearan air cultar Luchd-siubhail Siopsach a' cur ris an duilgheadas. Fhuair sgrùdadadh<sup>37</sup> o chionn ghoirid air luchd-ionnsachaidd boireann Luchd-siubhail Siopsach a tha a' fuireach ann an Alba gun robh droch-eòlasan a' mhòr-chuid stèidhichte air gràin-chinnidh agus beachdan a rèir gnè. Dh'fhuiling iad gràin-chinnidh agus burraidheachd le gach cuid co-aoisean agus luchd-obrach sgoile, agus leth-bhreith gnè, eagal agus dìth earbsa bho luchd-obrach sgoile.

Ann an co-chomhairleachadh o chionn ghoirid le IYS<sup>38</sup> air gràin-chinnidh agus slàinte-inntinn, chumadh co-chomhairle le ochdnar dhaoine òga aois 14-20 agus chaidh beachdan a

<sup>34</sup> Guyan K 2019 'Insight: Beachdan agus Èòlasan òigridh Dhubha, Àisianach is Mion-chinnidh ann an sgoiltean na h-Alba' Intercultural Youth Scotland agus EDI Scotland

<sup>35</sup> Simes, D., Käkelä, E., Corson, S., Tyrrell, N., McMellon, C., Kelly, C., agus Moskal, M. (2017) 'Òigridh Eär-eòrpach ann am Breatainn às dèidh Brexit: Gràin-chinnidh, iomagain agus àm ri teachd neo-sheasmhach'

<sup>36</sup> Deuchar agus Bhopal (2013) "S e daoine a th' annainn, chan e biastan-fànais": cur air adhart còraichean saoranachd agus iomadachd chultarach clann Luchd-siubhail ann an sgoiltean – beachdan Albannach is Sasannach' British Educational Research Journal, Vol 39 No 4 Aug 2013, pp 733-750

<sup>37</sup> Marcus, G. (2019) 'Caileagan Siopsach is Luchd-siubhail: Tost, Buaidh agus Cumhachd'

<sup>38</sup> Inter-cultural Youth agus Assan, T. 'Ag innse ar Beachdan: Buaidh Cinnidh is Gràin-chinnidh air Daoine Dubha Òga agus Daoine de Dhath Òga air Feumalachdan Slàinte-inntinn na h-Alba'

chruinneachadh bho chomhairlichean a tha an sàs anns an t-seirbheis Slàinte-inntinn aca.  
Lorg e:

Gun robh 'a bhith a' dol an sàs ann an gràin-chinnidh agus a' cluinntinn mu ghràin-chinnidh an aghaidh feadhainn eile a' toirt droch bhuaidh shoilleir air slàinte-inntinn mòran den chloinn agus daoine òga. Tha seo air a nochdadh ann an grunn dhòighean, a' toirt a-steach faireachdainnean aonranachd, goirteas, fearg, call tograidh; iomagain leantainneach; sìor-fhaire; an-fhois; agus fèin-teagamh. (IYS 2021 P.4)

Air sgàth cho beag 's a bha meud nan sampall, feumar a bhith faiceallach a thaobh a bhith a' coitcheannachadh bho na sgrùdaidhean seo.

**Gheibhear tuilleadh fiosrachaидh air na dòighean anns a bheil clann is daoine òga Mion-chinnidh a' fulang gràin-chinnidh [an seo](#).**

## B. A' cur air adhart agus a' leasachadh co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh

Tha e soilleir gu bheil obair mhòr ri dhèanamh fhathast gus an lèirsinn is na h-amasan ([Pàipear-taice 4](#)) ann am Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh Riaghaltas na h-Alba a choileanadh<sup>39</sup>:

### Foghlam agus Ionnsachadh Fad-bheatha: Lèirsinn airson 2030

Tha cothrom aig a h-uile duine ionnsachadh ann an àrainneachd in-ghabhalach gun ana-cothrom a thaobh neo-ionannachd cinnidh no gràin-chinnidh.

Is e ar miann gur e Alba an t-àite as fheàrr airson fàs suas agus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine ionnsachadh ann an àrainneachd in-ghabhalach a bheir taic do cho-ionannachd cinnidh. Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil càraichean cloinne, air a bheil Cùnnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (UNCRC) na bhunait, aig cridhe an Fhrèam-obrach seo.

Riaghaltas na h-Alba 'Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh airson na h-Alba 2016-2030

Tha an earrann seo a' rannsachadh nan nithean a dh'fheumar gus co-ionannachd cinnidh agus ana-gràin-chinnidh a bhrosnachadh agus a leasachadh ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-cloinne, sgoiltean agus suidheachaidhean ionnsachaидh choimhairsnachd.

Ann an sgrùdadadh cuspairil air co-ionannachd cinnidh ann an sgoiltean, lorg aithisg HMIE<sup>40</sup> gun robh sgoiltean a sheall deagh chleachdadh ann a bhith a' cur air adhart co-ionannachd cinnidh cuideachd a' roinn seata phrionnsapalan bunaiteach le chèile san obair aca. Fhuair luchd-ionnsachaидh cothroman gus: sgrùdadadh a dhèanamh air na luachan aca fhèin agus air luachan chàich; luach a chur ann an iomadachd; agus spèis do dhaoine eile a leasachadh. Thug iad taic do luachan ann am beatha na sgoile de cho-ionannachd, ceartas agus spèis dha chèile.

Ann an aithisg PISA o chionn ghoirid<sup>41</sup>, i bha e na adhbhar misneachd fhaicinn gun robh Alba san co-treas àite de fichead 's a seachd dùthaich rè measadh air comas farsaing luchd-ionnsachaيدh aois 15 bliadhna. Ach, bha coileanadh a thaobh comharran fa leth measgaichte.

Bha comas farsaing ga mhìneachadh mar:

<sup>39</sup> Riaghaltas na h-Alba 'Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh airson na h-Alba 2016-30'

<sup>40</sup> HMIE (2005) 'A' cur co-ionannachd cinnidh air adhart; toirt air tachairt'

<sup>41</sup> Riaghaltas na h-Alba (2020) '[Prògram airson Measadh Oileanach Eadar-nàiseanta \(PISA\) 2018 - comas farsaing: toraidhean – puingean cudromach](#)'

'Comas ioma-thaobhach a tha a' gabhail a-steach comas ri sgrùdadh a dhèanamh air cùisean cruinneil agus eadar-chultarach, tuigse agus meas a thoirt air diofar sheallaidhean agus bheachdan, eadar-obrachadh gu soirbheachail agus le spèis le càch, agus obair a dh'ionnsaigh sunnd coitcheann agus leasachadh seasmhach.'

Pisa 2018<sup>42</sup>

## 1. Dleastanasan ann a bhith a' stiùireadh atharrachadh siostamach

Tha lèirsinn, luachan agus spionnadhan sgioba ceannais aig ère ùghdarris ionadail agus ionad aig cridhe adhartachadh agus leasachadh co-ionannachd cinnidh agus ana-gràin-chinnidh. Ge brith an ann mar fhastaiche no neach-obrach, feumar a bhith cinnteach gu bheil dleastanasan laghail air an coileanadh. Ann an ionadan a tha gu soirbheachail a' daingneachadh foghlam co-ionannachd cinnidh agus cleachdadhean agus ana-gràin-cinnidh, bidh an sgioba ceannais ag obair le luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh agus pàrantan gus dèanamh cinnteach gu bheil feallsanachd agus lèirsinn na sgoile a' cur air adhart co-ionannachd gu làidir agus a' toirt dùbhlan do gach seòrsa leth-bhreith. Bu chòir do stiùirichean aig èrean ùghdarris ionadail agus ionaid taic a thoirt do dh'ionnsachadh proifeasant ann am foghlam ana-gràin-cinnidh airson luchd-obrach. Tha priomh neach air ainmeachadh gus co-ionannachd cinnidh a thoirt air adhart, a' dèanamh cinnteach gu bheil e freumhaichte thar a' churraicealaim agus gu bheil pàirt chudromach aig luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' stiùireadh atharrachadh. Bidh iad a' dèanamh cinnteach gu bheil siostaman làidir ann gus freagairt ri gràin-chinnidh.

### Dleastanasan mar fhastaiche

Tha e air a dheagh chlàradh nach eil dreuchd teagaisg na h-Alba a' riochdachadh deamografaigs an t-sluaigne<sup>43</sup>. Tha an dìth iomadachd seo buailteach nochdadh ann an geàrr-thuairisgeul luchd-obrach ann an coimhearsnachdan ionnsachaidh. Tha rannsachadh air sealltainn<sup>44</sup> gu bheil deagh bhuaidh air buileachadh luchd-ionnsachaidh Mhion-chinnidh nuair a tha an tidsear aca bho chùl-raon Mion-chinnidh. Tha buidheann-obrach nàiseanta air molaidean fhoillseachadh gus iomadachd na dreuchd teagaisg a leasachadh<sup>45</sup> agus tha ùghdarrasan ionadail air iomairtean a leasachadh gus dèiligeadh ris an dìth iomadachd ann an luchd-obrach foghlaim.

Aig ère an ionaid, tha uallach air ceannardan dèanamh cinnteach gu bheil cleachdaidhean fastaidh a' cumail ri reachdas co-ionannachd a tha gu sònraichte a' toirt iomradh air an fheum a bhith for-ghníomhach ann a bhith ag adhartachadh co-ionannachd chothroman. Aon uair's gu bheil iad air am fastadh, tha e cudromach dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach Mion-chinnidh a' faireachdainn gu bheil iad a' buntainn san àite-obrach; Lorg rannsachadh EIS air

<sup>42</sup> Comas farsaing - PISA (oecd.org)

<sup>43</sup> Riaghaltas na h-Alba (2018) 'Teagasc ann an Alba eadar-mheasgte: a' cur am meud agus a' cumail tidsearan Mion-chinnidh'

<sup>44</sup> Gershenson, S., Hart, C., Hyman, J. Lindsay, C. agus Papageorge, N. (2018) 'Buaidh san Fhad-ùine aig Tidsearan den Aon Chinneadh ri Luchd-ionnsachaidh' NBER Pàipear Obrachaiddh Àir. 25254

<sup>45</sup> Riaghaltas na h-Alba (2021) 'Teagasc ann an Alba eadar-mheasgte: a' cur am meud agus a' cumail tidsearan Mion-chinnidh: às dèi dh 3 bliadhna'

eòlas thidsearan agus òraideachean air Islamophobia (2018)<sup>46</sup> gun robh mòr-chuid shusbainteach den luchd-fhareagairt air gràin-cihnnidh fhuiling nan obair mar thidsear no òraideiche. Cuidichidh a h-uile dòigh-obrach ann an Earrann B gus suidheachadh a chruthachadh far am bi luchd-obrach Mion-chinnidh a' faireachdann gu bheil luach ga chur annta. Ma thèid dèiligeadh gu for-ghniomhach ri gràin-chinnidh le luchd-obrach no luchd-ionnsachaидh bidh luchd-obrach Mion-chinnidh air an cuideachadh a' faireachdann gun urrainn dhaibh a bhith saorsnail san àite-obrach. Tha àrdachadh dreuchd luchd-obrach bho na cùl-raointean sin a' daingneachadh gu bheil luach ga chur orra agus gu bheil iad a' cur ris a' choimhearsnachd ionnsachaيدh.

### Dleastanasan mar neach-obrach

Tha luchd-obrach san t-suidheachadh as fheàrr airson co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh a bhrosnachadh nuair a tha eòlas math aca air coimhearsnachd na sgoile aca fhèin agus a thuigeas iad gu h-iomlan an iomadachd cinnidh, creideimh agus cultair a th' ann agus a tha tuigse nas fharsainge aca air iomadachd agus dileab colonaidheachd na h-Alba. Feumar misneachd gus co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh a libhrigeadh, a' toirt a-steach dèiligeadh ri tachartasan gràin-cinnidh. (Faic Earrann 9 airson tuilleadh fiosrachaيدh.)

Tha cothroman airson ionnsachadh proifeasanta cudromach. Tha luchd-obrach a' faighinn buannachd bho thaic gus meòrachadh air claoen-bhreith agus gràin-chinnidh, a' toirt a-steach gràin-cinnidh structarach, tro sgrùdadadh proifeasanta agus conaltradh le co-obraichean. Is dòcha gun urrainn do chom-pàirticean coimhearsnachd cothroman ionnsachaيدh a thabhann do luchd-obrach agus luchd-ionnsachaيدh.

Nuair nach eil luchd-dreuchd ag aithneachadh agus a' dol an aghaidh nan dòighean anns a bheil claoen-bheachd, gnàth-iomhaighean agus gràin-chinnidh structarach a' toirt buaidh air an cleachdad, faodaidh gràin-chinnidh a dhol gun mhothachadh no a chur air diochuimhne. Mar eisimpleir, lorg sgrùdadadh ann an 2018 de 46 sgoil Bheurla le Institiud Foghlaim UCL agus Oilthigh na Banrigh Beul Feirste, gun robh luchd-ionnsachaيدh dubha gu math nas buaitliche a bhith air an cur ann an seataichean matamataig nas isle na bu chòir a rèir an comharraighean<sup>47</sup>. Ann an Alba, tha an ire às-dùnad luchd-ionnsachaيدh air a bhriseadh sìos a rèir cùl-raon eitneach a' nochdad eadar-dhealachadh mòr<sup>48</sup>. Tha uallach air luchd-obrach iad fhèin oideachadh, gus an urrainn dhaibh, an uair sin, luchd-ionnsachaيدh oideachadh agus a bhith ag adhartachadh leasachadh àrainneachd a choinnicheas ri feumalachdan gach neach-ionnsachaيدh.

### Gheibhear barrachd fiosrachaيدh air ionnsachadh proifeiseanta [an seo](#).

<sup>46</sup> EIS (2018) 'Suirbhidhair Eòlas Buill EIS air Gràin-chinnidh'

<sup>47</sup> <https://www.tes.com/news/exclusive-black-pupils-disadvantaged-setting>

<sup>48</sup> Riaghaltas na h-Alba(2020) [Staitistearachd Às-dùnaidh Sgoiltean](#)

### **Ceistean Beachdail**

- Dè an ìre 's gu bheil ceannardan a' toirt seachad stiùireadh ro-innleachdail soilleir airson co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh adhartachadh?
- Ciamar a tha coimhairsnachd na sgoile air fad, a' toirt a-steach daoine òga agus a' choimhairsnachd ionadail, an sàs ann a bhith a' cruthachadh an stiùiridh seo? Gu sònraichte, ciamar a tha daoine òga agus teaghlaichean bho choimhairsnachdan Mion-chinnidh an sàs anns a' phròiseas co-dhùnaidh seo?
- Dè cho èifeachdach's a tha ceannardan a' luachadh dòigh-obrach an ionaid aca a thaobh na h-obrach seo?
- Ciamar a tha luchd-obrach eadar-mheasgte air a bhrosnachadh gu for-ghniomhach?
- Ciamar a bhios ceannardan a' sìreadh agus a' leasachadh dhàimhean buannachdail le pàrantan agus a h-uile buidheann coimhairsnachd?
- Dè an ìre gu bheil cothrom aig a h-uile neach-obrach co-ionannachd cinnidh agus claoen-breith a sgrùdadadh agus a dheasbad le co-obraichean?

## **2. Curraicealam a tha a' nochdadhd iomadachd de na h-uile**

Tha Curraicealam na h-Alba air a dhealbhadh gus a bhith 'na churraicealam co-leantaileach, sùbailte agus beairteach a ghabhas atharrachadh agus a fhreagrach ri feumalachdan eadar-mheasgte luchd-ionnsachaidh fa leth agus a tha a' nochdadhd cho sònraichte 's a tha na coimhairsnachdan aca'<sup>49</sup>.

Tha e cudromach gum bi clann is daoine òga uile air an riochdachadh, gam faicinn fhèin sa churraicealam agus ag aithneachadh gu bheil e buntainneach dhaibh.

'Gus am bi an comann-sòisealta a' riochdachadh a h-uile duine, bidh ceistean a' sìorèirigh leithid 'Cò dhà a bhuineas mi?' "Am buin mi don àite seo? ... Tha riochdachadh deatamach oir tha e a' toirt cothrom dhut a bhith aithnichte anns an t-saoghal.' Aisha Thomas (2020), Tedx<sup>50</sup>

Tha curraicealam a tha a' riochdachadh a h-uile duine ag àbhaisteachadh iomadachd gus am bi luchd-ionnsachaidh gu tric a' faicinn cànan, susbaint agus ìomhaighean a tha a' riochdachadh iomadachd cultair, dearbh-aithne, agus eòlasan, a' gabhail a-steach an cuid fhèin. Tha an 't-àbhaisteachadh' seo nas cumhachdaiche na leasanan aon-uair a bhios a' sgrùdadhd iomadachd no a' comharrachadh eadar-dhealachadh. Faodaidh a bhith a' comharrachadh eadar-dhealachadh leantainn gun fhiostagu 'Eileachadh' an fheadhainn nach eil bhon bhuidhinn-cinnidh a tha sa mhòr-chuid. Seach gum faodadh comharrachadh eadar-dhealachaidh a bhith a' daingneachadh gnàth-ìomhaighean, bu chòir a bhith faiceallach. Tha àbhaisteachadh iomadachd sa churraicealam, an àite a bhith ag àbhaisteachadh na buidhne

---

<sup>49</sup> Tuairisgeul Ath-nuadhaichte Foghlam Alba

<sup>50</sup> [Tedx \(2020\) 'An t-adhbhar a tha riochdachadh cudromach' le Aisha Thomas](#)

gile a tha sa mhòr-chuid, a' toirt teachdaireachd chudromach do gach neach-ionnsachaidh gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad a' buntainn.

Aig Tràth-ìre, tha doileagan is ìomhaighean, aodach airson cluich mas-fhìor, leabhairchean dhealbhan agus taisbeanaidhean balla uile nan dòighean gus iomadachd a dhèanamh àbhaisteach. Mar a bhios am pàiste a' fàs, chì iad iomadachd ann an eisimpleirean obrach ann am matamataig, ann an litreachas<sup>51</sup> agus tro ionnsachadh eadar-chuspaireil. Bu chòir do thaisbeanaidhean iomadachd a bhith a' seachnadh gnàth-iomhaighean de bhuidhnean. Faodaidh nobhailean càirdeas làidir a shealltainn eadar caractaran bho dhiofar chinnidhean no plotaichean a bheir dùbhlann do gnàth-iomhaighean cinnidh agus eile. Faodaidh iad cuideachd co-fhaireachdainn luchd-ionnsachaidh a leasachadh<sup>52</sup> tro bhith ag innse eòlas-beatha an co-aoisean.

Tha am mapadh curraicealaim air [an làrach-lìn](#) a' sealltainn eisimpleirean mionaideach thara' churraicealaim.

Feumaidh luchd-foghlaim abhith for-ghniomhach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil eachdraidh, eòlas agus coileanadh daoine Mion-chinnidh air aithneachadh sa churraicealam cho math ris an deagh thabhartas aca don chomann-shòisealta.

### A' dì-colonachadh a' churraicealaim

Tha an abairt seo a' toirt iomradh air a bhith a' ceasnachadh a' churraicealaim agus a' ceasnachadh tùs an t-susbaint agus nam beachdan a tha air an riochdachadh. Tha Muldoon (2019) ag argamaid gu bheil e mu dheidhinn a bhith a' toirt dùbhlann do chlaon-bhreith is dearmad fad-ùine a tha a' cuingealachadh mar a thuigeas sinn poilitigs agus comann-sòisealta agus

“nach eil e dìreach mu bhith a' toirt a-steach dòrlach sgrìobhadairean Dubha, Àisianach is Mion-chinnidh, ach mu chruth-atharrachadh bunaiteach bho chultar de dhiùltadh agus toirmesg gu a bhith a' beachdachadh air traídiseanan eòlais eadar-dhealaichte. Tha iomadachadh ar curraicealaim a' ciallachadh dùbhlann a thoirt do dhàimhean cumhachd agus gairm airson smaoineachadh nas doimhne mu shusbaint nan càrsachean againn agus mar a bhios sinn gan teagasc.”<sup>53</sup>

Tha an abairt a' nochdadadh an dragh nach eil litreachas, cultaran, soirbheas agus eachdraidh bhuidhnean air an tug gràin-chinnidh buaidh follaiseach gu leòr anns a' churraicealam agus

---

<sup>51</sup> Ionad Litearrachd annam Foghlam Bun-sgoile (2020) '[A'riochdachadh Fhìrinnean: Suirbhidhair Riochdachadh Eitneach](#)

[ann an Litreachas Chloinne na RA 2019'](#)

<sup>52</sup> Thagard, P. (2017) [Co-fhaireachdainn ann an Litreachasagus Film](#)

<sup>53</sup> James Muldoon, University of Exeter 'Academics: it's time to get behind decolonising the curriculum'  
<https://www.theguardian.com/education/2019/mar/20/academics-its-time-to-get-behind-decolonising-the-curriculum>

nach deach àite eachdraidheil na h-Alba anns na colonaidhean agus ann am malairt nan tràillean a sgrùdadadh agus aithneachadh gu cunbhalach taobh a-staigh a' churraicealaim.

Gus tuigse fhaighinn air cho iom-fhillte 's a tha dì-colonachadh, tha e cudromach cuimhneachadh gu bheil gràin-chinnidh freumhaichte ann an colonaidheachd: nuair a bha dùthchannan an lar a' fireanachadh sàrachadh dhaoine le bhith a' sgaoileadh a' chreideis gun robh na daoine sin fo-dhaonna. Eadhon às dèidh do dhùthchannan colonaidh an saorsa fhaighinn, dh'fhan an neo-chothromachadh cumhachd agus na creideasan sin a thaobh uachdranas agus iochdararanachd cinnidh: tha seo air ainmeachadh mar 'colonaidheas.' (coloniality)<sup>54</sup> Tha an sgoilear dì-colonachaiddh Puerto-Ricach, Nelson Maldonado-Torres, ag argamaid gu bheil:

'colonaidheas air a chumail beò ann an leabhrachean, anns na slatan-tomhais airson coileanadh acadaimigeach, ann am pàtrain chultarach, ann an gliocas cumanta, ann am fèin-iomhaigh shluaghan, ann an amasan pearsanta, agus uiread de thaobhan eile de ar beatha. Ann an dòigh, mar dhaoine an latha an-diugh bidh sinn a' sùghadh a-steach colonaidheas fad na h-ùine agus a h-uile latha.'<sup>55</sup>

Bidh an earann curraicealaim den làrach-lìn a' mìneachadh nan cothroman ann an Curraicealam na h-Alba gus an curraicealam a dhì-cholonachadh agus eisimpleirean de seo ann an cleachdadh.

### **Gheibhear tuilleadh fiosrachaiddh mu dhì-colonachadh a' churraicealaim [an seo](#).**

#### **Ceistean Beachdail**

- Dè an ìre gu bheil iomadachd 'àbhaisteach' agus air a stèidheachadh sa churraicealam?
- Dè an ìre gu bheil na goireasan san t-suidheachadh agad a' cur air adhart iomadachd agus a' sealltainn  
dhaoine de gach buidheann eitneach is cultarach ann an dòighean adhartach agus nach eil nan gnàth-iomhaighean  
(mar eisimpleir a' seachnad a bhith a' sealltainn Albannaich ann am fèlidhean no clann Dubha mar Afraganaich bhochda, laga)?
- A bheil gach neach-ionnsachaidh a' faicinn an cultair, cinneadh, creideamh agus eòlas air a riochdachadh sa churraicealam?
- Dè an ìre gu bheil thu a' sgrùdadadh le luchd-ionnsachaidh mar a tha colonaidheachd agus gràin-chinnidh a' tighinn a-steach don churraicealam?
- Dè an ìre gu bheil an curraicealam a' cleachdadh theacsaineachan agus meadhanan gus seallaidean a tha a dhìth a ghabhail a-steach? Tha barrachd fiosrachaiddh air a thoirt seachad anns an earrainn Mapadh Curraicealaim den làrach-lìn

---

<sup>54</sup> Mignolo, W. (2007) [\*Colonaidheas Cumhachd agus Smaoineachadh Di-colonaidheachd\*](#).

<sup>55</sup> Maldonado-Torres, N. 2007. 'Air Colonaidheas: Tabhartasan do Leasachadh Bun-bheachd'. Cultural Studies 21 (2-3): 240-27

### **3. Foghlam ana-gràin-cinnidh**

Chan eil e gu leòr dìreach a bhith ag aithneachadh agus a' cur luach ann an iomadachd. Feumaidh luchd-ionnsachaidh an cothrom gnàth-iomhaighean agus claon-bhàidh, gràin-chinnidh agus leth-bhreith a sgrùdadh. Bidh modhan-ionnsachaidh gnìomhach agus compàirteachail a' leasachadh sgilean, luachan agus beachdan gus a bhith ag aithneachadh claon-bhàidh agus leth-bhreith, ag adhartachadh co-ionannachd agus a bhith gnìomhach an aghaidh ana-ceartas cinnidh. Tha rannsachadh air moladh nach eil aon dòigh ann air claon-bhàigh a lùghdachadh ach tha grunn phrionnsapalan ri chumail nad inntinn a chuidicheas le bhith a' lìbhrigeadh foghlam èifeachdach ana-gràin-cinnidh. Tha an Co-bhanntachd airson Co-ionannachd Cinnidh agus Còraichean (CRER) a' toirt seachad [comhairle](#) air a' chuspair seo<sup>56</sup>. Tha cuid de na puinean dealbhaidh is lìbhrigidh rim beachdachadh air an liostadh ann am [Pàipear-taice 5](#). Tha [inneal fèin-ionnsachaidh](#) do luchd-foghlaim cuideachd ri fhaighinn bho SCOTDEC<sup>57</sup>.

#### **Ceistean Beachdail**

- Dè an ìre gu bheil foghlam ana-gràin-cinnidh anns an ionad agad a' leantainn nam prionnsapalan de phlanadh is lìbhrigeadh air a mhìneachadh ann am [Pàipear-taice 5](#)?
- Ciamar a bhios an t-ionad agad a' cur air adhart agus a' leasachadh foghlam ana-gràin-cinnidh?
- Ciamar a tha an t-ionad agad a' tomhas buaidh nan cleachdaidhean foghlaim ana-gràin-cinnidh?

**Gheibheartuilleadh fiosrachaидh mu fhoghlam ana-gràin-cinnidh agus goireasan ana-gràin-cinnidh an-asgaидh [an seo](#).**

### **4. Na tha dòigh-obrach stèidhichte air còraichean a' cur ri co-ionannachd cinnidh agus ana-gràin-cinnidh**

Bidh foghlam ana-gràin-cinnidh a' cuideachadh chloinne gus na còraichean aca fhèin agus còraichean dhaoine eile san sgoil, sa choimhearsnachd agus air feadh na cruinne a thuigsinn agus a choileanadh. Tha stèidheachadh Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (UNCRC) ann an lagh na h-Alba<sup>58</sup> ag aithneachadh gu bheil còir aig gach neach-ionnsachaidh a bhith nam pàirt de cho-dhùnaidhean a bheir buaidh air am beatha a' toirt a-steach cho-dhùnaidhean a tha gan dèanamh ann an ionadan foghlaim.

---

<sup>56</sup> CRER (2021) '[Inntrigeadh do Leasachadh Curraicealaím Ana-gràin-cinnidh](#)'

<sup>57</sup> Farukuoye, T. (2021) '[A' ADAMS' BAIRNS? Inneal Inntrigidh Fèin-ionnsachaidh air Ana-gràin-chinnidh a Chur an Gníomh airson Luchd-teagaisg is Luchd-foghlaim](#)' SCOTDEC

<sup>58</sup> Riaghaltas na h-Alba(2020) '[Bile Cunnradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne \(Toirt a-steach\) \(Alba\):bileag - gov.scot \(www.gov.scot\)](#)'

Lorg sgrùdadadh<sup>59</sup> de bhuidheann sgoiltean a bha air gabhail ri foghlam stèidhichte air còraichean, gun robh obair chòraichean na cloinne ann an cuid de na sgoiltean ioma-chinnidh, ioma-chreideimh, 'a' lìbhrigeadh seata luachan coitcheann ciallach air feadh na sgoile. Chruthaich seo feallsanachd de ghabhail ri agus comharrachadh iomadachd creideimh agus cultair' (td. 26) Chomharraich na sgoiltean san sgrùdadadh aca lùghdachadh ann am burraidheachd agus àrdachadh ann an dàimhean agus beachdan adhartach a thaobh iomadachd.

Bha seo ga nochdadadh ann an Dunhill<sup>60</sup> a lorg gun robh daingneachadh a' bheachd gu bheil a h-uile duine nan luchd-gleidhidh chòraichean a' ciallachadh gun robh luchd-ionnsachaидh a' nochdadadh co-fhaireachdainn a bha a' sìor-fhàs dhaibhsan nach deach an còraichean a chumail suas.

Dh'aithnich Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Cloinne (2016)<sup>61</sup> gum faodadh teagasc chòraichean daonna a chur ri bhith a' cur an aghaidh burraidheachd stèidhichte air claon-bhàidh. Tha aithneachadh còraichean cloinne ceangailte gu làidir ri bhith a' neartachadh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaيدh<sup>62</sup>. Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gum faod luchd-ionnsachaيدh Mion-chinnidh cur gu h-iomlan ri co-dhùnaidhean mun ionnsachadh agus a' choimhairsnachd ionnsachaيدh aca.

### Ceistean Beachdail

- Dè an ìre gu bheil ar luchd-ionnsachaيدh a' tuigsinn an còraichean fhèin agus còraichean dhaoine eile?
- A bheil poileasaidhean agus modhan ionaid ag aithneachadh agus a' cuideachadh gus còraichean cloinne a thoirt gu buil?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil guthan chloinne is daoine òga uile air an cluinniinn agus air an cleachdadh gus buaidh a thoirt air co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaيدh mu chòraichean cloinne [an seo](#).

## 5. A' leasachadh saoranaich chruinneil

Tha Gairm Foghlam Cruinneil Maastricht 2002 a' mìneachadh Foghlam Cruinneil mar fhoghlam a tha "a' fosgladh sùilean agus inntinnean dhaoine gu firinnean an t-saoghail agus

<sup>59</sup> Sebba, J., agus C. Robinson. 2010 "Luachadh air Duais Sgoiltean le Spèis do Chòraichean aig UNICEF na RA."

<sup>60</sup> Ally Dunhill (2018) Abheil a bhith a' teagasc coraichean daonna do chluangam brosnachadh a bhith a' coileanadh, a' dòn agus a' cur air adhart còraichean dhaoine eile?, Education 3-13, 46:1, 16-26, DOI: 10.1080/03004279.2016.1165717

<sup>61</sup> [UNCRC \(2016\) 'Beachdan deireannach air a' chòigeamh aithisg ùineil den Rìoghachd Aonaichte de Bheatainn agus Èirinn a Tuath' 48-49](#)

<sup>62</sup> Foghlam Alba Com-pàirteachadh luchd-ionnsachaيدh ann an Suidhichidhean Foghlaim (3-18) <https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/learner-participation-in-educational-settings-3-18/>

gan dùsgadh gus saoghal de cheartas, ionannachd agus còraichean daonna a thoirt gu buil do na h-uile.”<sup>63</sup>

Tha Foghlam Saoranachd Chruinneil na phàirt dheatamach de dhòigh-obrach thar-churraicealaim na h-Alba a thaobh ionnsachadh airson Seasmhachd. Tha e a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' smaoineachadh gu domhainn agus gu breithneachail mu na tha cothromach agus ceart, agus dè a lùghdaicheas cron don phlanaid againn. Tha a bhith a' rannsachadh cuspairean Saoranachd Chruinneil a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' fàs nas misneachaile ann a bhith a' seasamh suas airson an creideasan, agus nas sgileil ann a bhith a' luachadh beusachd agus buaidh nan co-dhùnaidhean aca. Tron phròiseas seo de thugse nas fheàrr air mar a tha buaidh aig na roghainnean agus na gnìomhan againn air daoine agus an coimhleasachdan gu h-ionadail agus air feadh na cruinne, tha e a' toirt taic do dhaoine fa leth a dhol an gnìomh air cùisean sòisealta agus àrainneachd.

Tha co-bhuannachd shoilleir eadar Saoranachd Chruinneil agus foghlam ana-gràin-cinnidh. Bidh Saoranachd Chruinneil ag iarraidh oirnn ar barailean agus ar claon-bhàidh a sgrùdad, a' tuigsinn gu bheil sinn a' mìneachadh an t-saoghail tron cho-theacsa shòisealta shònraichte againn fhìn. Tha am pròiseas seo de bhith ag ionnsachadh agus a' leasachadh sgilean litearrachd breithneachail a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith ag aithneachadh, a' tuigsinn agus a' toirt dùbhlan do leth-bhreith agus neo-ionannachd m.e. a' dèanamh sgrùdadh breithneachail air a' chànan a thathar a' cleachdadh airson bruidhinn air fògarraich sna meadhanan.

### Gheibhear fiosrachadh mu shaoranachd chruinneil [an seo](#).

#### Ceistean Beachdail

- Dè an ìre gu bheil an curraicealam anns an ionad agad ag ullachadh gach neach-ionnsachaidh gus soirbheachadh ann an comann ioma-chultarach, ioma-chreideimh agus ioma-chinnidheach?
- Ciamar a tha thu ag àrdachadh mothachadh luchd-ionnsachaidh mu na luachan agus na barailean freumhaichte aca agus a' toirt dùbhlan do na beachdan aca?
- Dè an ìre gu bheil tuigse ann air a' cheangal eadar cùisean cruinneil agus co-ionannachd cinnidh?

## 6. A' cur luach ann an ionadachd cànanach agus ioma-chànanas

Tha mòran bhuannachdan inntinn an lùib dà-chànanas agus ioma-chànanas thar beatha<sup>64</sup>. Faodaidh iad sin a bhith a' toirt a-steach gleusadh sgilean àrd-smaoineachaidh, comas-

<sup>63</sup> [Còmhdhail Foghlam Cruinne Tar Eòrpach Maastricht \(2002\) ‘Frèam-obrach Ro-innleachd Eòrpach ‘Gairm Foghlam Cruinneil Maastricht’](#)

<sup>64</sup> <https://www.dana.org/article/the-cognitive-benefits-of-being-bilingual/>

cuimhne obrach agus ioma-obrachaид. Tha ionnsachadh cànan cuideachd a' toirt cothrom ionnsachadh mu na cultaran co-cheangailte riutha agus luach a chur annta.

Tha dòigh-obrach Chànanan 1+2 Riaghaltas na h-Alba a' toirt cunntas air Frèam-obrach airson ionnsachadh cànan stèidhichte air modail a' cànan mhàthaireil agus dà chànan a bharrachd.

'Tha poileasaидh chànanan an Riaghaltais a' toirt a' chothroim meòrachadh air leasachadh na h-Alba mar dhùthaich eadar-mheasgte, iom-fhillte, ioma-chultarach agus ioma-chànanach. Bu chòir dhuinn, mar nàisean, a bhith a' comharrachadh na h-iomadachd seo agus nan iomadh cànan nar measg. Tha an iomadachd seo a' toirt a-steach cànanan na h-Alba fhèin, Gàidhlig agus Albais. Tha na cànanan a tha air am bruidhinn barrachd is barrachd ann an coimhairsnachdan air feadh na h-Alba a' toirt cothrom do sgoiltean agus luchd-ionnsachaidh barrachd ionnsachadh mu na cultaran aca fhèin agus cultaran eile.' Td.6

Chaidh fa-near a thoirt<sup>65</sup> ged-thà, nach eil ach beagan chothroman ann an-dràsta airson cànanan dualchais ionnsachadh tron latha sgoile ged a bhios luchd-ionnsachaidh gu tric ag ionnsachadh cànanan dualchais bho bhuill choimhairsnachd air an fheasgar no aig deireadh-sheachdainean.

#### Gheibhear fiosrachadh mu ioma-cànanachas an seo.

#### Ceistean Beachdail

- Dè cho soirbheachail 's a tha sinn ag adhartachadh buannachdan dà-chànanais agus ioma-chànanas anns a' choimhairsnachd ionnsachaidh againn?
- Ciamar a tha cànanan dualchais luchd-ionnsachaidh air an aithneachadh agus air an toirt a-steach do bheatha na sgoile?
- Dè an ire gu bheil adhartas ann an ionnsachadh cànan a tha a' tachairt taobh a-muigh an ionaid agad air aithneachadh agus air a chomharrachadh?
- Dè cho soirbheachail 's a tha na dòighean-obrach a bhios tu a' cleachdad gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom co-ionann aig luchd-ionnsachaidh dà-chànanach air a' churraicealam?

## 7. Pàrantan agus teaghlaichean

Tha com-pàirt phàrantan air aithneachadh mar aon de na seachd priomh stiùirean leasachaidh anns an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta. Faodaidh com-pàirt phàrantan is theaghlaichean cuideachadh le àrdachadh buileachaidh agus cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an aon chothrom aig gach pàiste air soirbheachadh. Tha dàimhean le pàrantan agus teaghlaichean air an neartachadh nuair a tha iad a' faireachdainn gu bheil luach

---

<sup>65</sup> Arshad, R. agus Moskal, M. (2016) Co-ionannachd Cinnidh agus Foghlam Sgoile na h-Alba: A' dèanamh cinnteach gur e òigridh an latha an-diugh saoranaich mhisneachail a-màireach

ga chur air a' chloinn aca agus air na coimhearsnachdan aca agus gu bheil iomadachd chànanan, chultaran agus chreideamhan air aithneachadh. Bidh an eòlas air foghlam air a chumadh leis an eòlas aca fhèin air foghlam, eòlas a' phàiste aca fhèin agus sùbailteachd ionadan gus in-ghabhaltas a mheudachadh. Bidh an dà chuid pàrantan agus luchd-ionnsachaидh ag aithneachadh nuair a tha luchd-obrach a' taisbeanadh mothachadh cultarach a tha a' toirt taic do dh'fheallsanachd in-ghabhalach.

Dìreach mar a tha gach coimhearsnachd ionnsachaيدh gun samhail, tha e cudromach nach eilear a' coimhead air a h-uile pàrant Mion-chinnidh mar aon bhuidheann aon-ghnèitheach. Faodaidh luachan agus beachdan a thaobh foghlam atharrachadh gu farsaing eadar teaghlaichean agus thar buidhnean eitneach<sup>66</sup>. Far a bheil cnapan-starra càin ann, tha e cudromach faighinn gu eadar-theangairean agus/no bathar-bog eadar-theangachaidh. Aig amannan eile, is dòcha nach toir poileasaidhean agus cleachdaidhean aire gu leòr do chultaran aig nach eil làmh an uachdair; faodaidh seo buaidh a thoirt air càileachd com-pàirt phàrantan. Faodaidh aithneachadh agus comharrachadh iomadachd choimhearsnachdan ionadail a bhith na dhòigh chumhachdach air cnapan-starra a bhriseadh sìos agus dàimhean a neartachadh.

Chaidh cuideam a chur air buill theaghlaich ag ionnsachadh còmhla mar theaghlaich mar dhòigh chudromach agus èifeachdach<sup>67</sup> air buileachadh agus coileanadh àrdachadh. Chaidh prògraman Beurla mar Dhàrna Cànan no Cànan Eile (ESOL) a bheir taic do theaghlaichean ag ionnsachadh còmhla a leasachadh gus cuir às do chnap-starra de dhìth sgilean Beurla. Faodaidh iad cuideachd iomallachd shòisealta a lùghdachadh, agus, far a bheil feum air, taic a thoirt do phàrantan gus tuilleadh trèanaidh agus leasachaidh fhaighinn.

### Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu chom-pàirteachadh le pàrantan [an seo](#).

#### Ceistean Beachdail

- Dè na h-atharrachaidhean a dh'fhaodadh tu a dhèanamh don chleachdad agad gus pàrantan bho gach buidheann eitneach is cultarail a thoirt a-steach airson taic a thoirt do ionnsachadh na cloinne aca agus pàirt a ghabhail ann am beatha na coimhearsnachd ionnsachaيدh?
- Dè cho riochdachail den choimhearsnachd agad a tha buidhnean phàrant m.e. PTA/Comhairle Phàrant? Ciamar a tha pàrantan Mion-chinnidh a' faighinn taic gus a dhol an sàs anns na buidhnean sin?
- Ciamar a tha an t-ionad agad a' dèanamh cinnteach gu bheil pàrantan agus teaghlaichean de gach cinneadh, cultar agus dualchas an sàs ann am fèin-luachadh agus dèanamh cho-dhùnaidhean?
- An deach beachdachadh air cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith ann? Faodaidh eagal ro ghràin-chinnidh no leth-bhreith a bhith na chnap-starra. An urrainn dhut àite

<sup>66</sup> Page, Whitting agus McLean (2007) 'Com-pàirteachadh Èifeachdach le Pàrantan Dubha is Mion-chinnidh ann an Seirbheisean Cloinne is Phàrantan' <https://dera.ioe.ac.uk/6735/2/DCSF-RR013.pdf>

<sup>67</sup> Riaghaltas na h-Alba (2016) 'Lèirmheas air ionnsachadh teaghlaich: a' toirt taic do shàr-mhathas agus ionannachd'

tarraingeach agus sàbhailte a chruthachadh gu for-ghnìomhach airson com-pàirt phàrantan?

- Ciamar a tha an t-ionad agad a' toirt taic do phàrantan Mion-chinnidh nuair a tha dìth sgilean Beurla a' cur bacadh air conaltradh? An urrainn do chom-pàirtichean coimhearsnachd cuideachadh?

## 8. A' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh

*Tha buidheann-obrach a chaidh a stèidheachadh mar phàirt de [Phòrogram Co-ionannachd Cinnidh agus Gràin-cinnidh ann am Foghlam](#) aig Riaghaltas na h-Alba an-dràsta a' beachdachadh air na cùisean a chaidh a thogail san earrainn seo. Thèid na stuthan gu h-ìosal ath-sgrùdadh mara dh'fheumargus toradh na buidhne-obrach a riochdachadh.*

Tha Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh Riaghaltas na h-Alba a' comharrachadh an amais a leanas:

'Tha misneachd aig sgoilearan Mion-chinnidh ann an dòighean-obrach ann an sgoiltean gus bacadh agus freagairt a thoirt do bhurraidheachd stèidhichte air claon-bhàidh agus giùlan no tachartasan gràin-cinnidh'.

Bidh beachd aig luchd-ionnsachaidh a bheil burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh air am meas cudromach leis mar a tha iad a' faicinn ana-gràin-cinnidh freumhaichte ann am beatha na coimhearsnachd ionnsachaidh. Daingnichidh dòigh-obrach stèidhichte air còraichean do luchd-ionnsachaidh gu bheil còir aca uile a bhith air dòn bho fhòirneart agus droch-dhìol.

### Dè th' ann am burraidheachd gràin-cinnidh?

Tha burraidheachd gràin-cinnidh a' tachairt nuair a thathar a' cleachdadhaidh claon-bhàigh an aghaidh cinnidheachd, no breithneachadh air cinnidheachd, neach òg mar adhbhar airson an dùnadha-mach, bagairt orra, an dochann no irioslachadh. Bidh cuid de dhaoine a' cleachdadhaidh claon-bhàidh an aghaidh comharran 'eadar-dhealachaidh' leithid dath craicinn mar adhbhar airson burraidheachd gràin-cinnidh.<sup>68</sup> Thuit caogad sa sia sa cheud de thidsearan àrd-sgoilean na h-Alba ann an sgrùdadh rannsachaidh<sup>69</sup> gun robh iad mothachail do luchd-ionnsachaidh san sgoil aca a bha air burraidheachd fhuiling stèidhichte air cinneadh no cinnidheachd.

### Dè th' ann an tachartas gràin-cinnidh?

<sup>68</sup> NSPCC (2021), [Burraidheachd is burraidheachd air loidhne](#)

<sup>69</sup> Lough Dennell, B.L. agus Logan, C. (2015) [Burraidheachd stèidhichte air claon-bhàigh ann an sgoiltean na h-Alba: Aithisg rannsachaidh Glaschu: Coimisean air Co-ionnanachd is Còraichean Daonna](#)

Mhìnich ‘Rannsachadh Stephen Lawrence’<sup>70</sup> tachartas gràin-cinnidh mar ‘Tachartas sam bith a tha an neach-fulaing no neach sam bith eile a’ faicinn mar ghràin-chinnidh. Feumaidh teachdaireachd shoilleir a bhith ann gun tèid dèiligeadh ri tachartasan mar sin. Tha rannsachadh a’ sealltainn gu bheil e coltach nach eil mòran misneachd aig luchd-ionnsachaidh gu bheil eòlas aig luchd-obrach air na pròiseasan ceart ri leantainn agus cuideachd ann an èifeachdas freagairtean luchd-obrach.<sup>71</sup> Tha gas-lighting ann an sgoiltean ga mhìneachadh san aon rannsachadh seo mar luchd-obrach a’ cur suarach eòlasan beatha luchd-ionnsachaidh de dhath, a’ toirt orra na h-eòlasan sin a cheasnachadh. Gus aghaidh a chur air seo, feumaidh luchd-ionnsachaidh àiteachan sàbhailte gus an dearbh-aithne agus an eòlasan a sgrùdadh agus gheibh luchd-obrach buannachd bho ionnsachadh phroifeasant gus an eòlas air pròiseas agus a’ mhisneachd ann a bhith a’ dèiligeadh ri tachartasan gràin-cinnidh a leasachadh. Tha àite deatamach aig ceannardas sgoile agus ùghdarrasan ionadail ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir ann mu dè a th’ ann an tachartas gràin-cinnidh agus mar a bu chòir dèiligeadh ris. Bha an aon ìre de dhìth mhisneachd aig luchd-ionnsachaidh gun deigheadh dèiligeadh gu h-èifeachdach ri Islamophobia.<sup>72</sup>

### Ciamar a bu chòir ionadan freagairt?

Tha uallach air gach neach-obrach airson slàinte is sunnd na cloinne is na h-òigridh uile. Bu chòir dèiligeadh sa bhad ri tachartas gràin-cinnidh no burraidheachd gràin-cinnidh sam bith a chaighd aithris no fhaicinn. Bu chòir an toiseach bruidhinn ris a’ phàiste no an neach òg a tha air an tachartas aithris no ris a’ phàiste no an neach òg a dh’fhuiling an droch-dhìol. Bu chòir don luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil beachdan an neach òg a dh’fhuiling droch dhìol aig cridhe na freagairt aca. Tha seo a’ toirt a-steach am beachdan air na h-ath cheumannan. Tha seo na dhòigh chudromach anns an urrainn do luchd-obrach taic a thoirt don neach òg gus faireachdainn fhaighinn air ais gu bheil buaidh aca air cùisean. Bu chòir dhaibh beachdachadh air na tha a dhìth an uair sin, a rèir poileasaidh agus pròiseas na sgoile.

Bu chòir poileasaidh an aghaidh burraidheachd a bhith aig ionadan foghlaim, buidhnean a bheir seachad seirbheisean do chlann is dhaoine òga agus ùghdarrasan ionadail a tha a’ nochdadhan stiùireadh nàiseanta ‘Spèis dha na h-Uile: An dòigh-obrach nàiseanta an aghaidh burraidheachd airson clann is daoine òga na h-Alba’<sup>73</sup>. Tha an stiùireadh nàiseanta a’ toirt seachad Frèam-obrach iomlan airson inbhich a tha ag obair le clann is daoine òga gus dèiligeadh ri gach seòrsa burraidheachd, a’ toirt a-steach burraidheachd stèidhichte air clao-bhàidh. Bhon Lùnastal 2019, tha dòigh-obrach nàiseanta ùr air a bhith ann cuideachd airson tachartasan burraidheachd a chlàradh agus a sgrùdadh ann an sgoiltean<sup>74</sup>. Tha an stiùireadh

<sup>70</sup> MacPherson, W. (1999), [Rannsachadh Stephen Lawrence](#)

<sup>71</sup> Intercultural Youth Scotland agus Guyan K (2019) Beachdan agus eòlasan dhaoine òga Dubha, Àisianach is Mion-chinnidh ann an sgoiltean na h-Alba

<sup>72</sup> Dean, S. (2016) ‘Islamophobia annan Sgoiltean Dhùn

Èideann '<https://www.sacc.org.uk/articles/2017/islamophobia-edinburgh-schools>

<sup>73</sup> Riaghaltas na h-Alba, (2017) ‘[Spèis dha na h-Uile: An Dòigh-obrach Nàiseanta an aghaidh Burraidheachd airson Clann is Daoine òga na h-Alba](#)’

<sup>74</sup> Riaghaltas na h-Alba (2018) A’ clàradh agus a’ cumail sùil air tachartasan burraidheachd ann an sgoiltean: stiùireadh a bharrachd

seo a' daingneachadh cho cudromach 's a tha, chan e a-mhàin clàradh, ach dèanamh cinnteach gu bheil ceuman gan gabhail mar fhreagairt iomchaidh air tachartasan. Tha anstiùireadh nàiseanta air aghaidh a chur air in-ghabhaltas agus a' toirt dùbhlànn èifeachdach do ghràin-cinnidh ann an sgoiltean<sup>75</sup> cuideachd a' toirt seachad fiosrachadh agus stiùireadh do luchd-obrach sgoile mu bhith a' dèiligeadh ri burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh ann an sgoiltean na h-Alba, agus chaidh seo a sgriobhadh gus cur ri Spèis dha na h-Uile. Tha e ga dhèanamh soilleir gu bheil e cudromach dòigh a chleachdad gus dèiligeadh ri agus clàradh tachartasan gràin-cinnidh nach eil nam páirt de bhurraidheachd gràin-cinnidh. Mar eisimpleir, nuair a thèid beachdan gràin-cinnidh a chur an cèill ged nach eil iad mu dheidhinn neach sònraichte. Ge bith a bheil daoine òga Mion-chinnidh an làthair, bu chòir dèiligeadh ris agus seo a chlàradh mar thachartas gràin-cinnidh.

Bidh freagairt coimhairsnachd do bheachdan atharrachadh nas cumhachdaiche na ionad ag obair leotha fhèin le luchd-ionnsachaидh oir thathar ag aithneachadh gum bi clann agus daoine òga ag ionnsachadh bho fhaclan agus gnìomhan an fheadhainn a tha timcheall orra.

### Cuin a tha burraidheachd na eucoir-gràin?

Faodaidh burraidheachd a bhith air a bhrosnachadh le claon-bhàidh coltach ri eucoir-gràin; ach tha e cudromach cuimhneachadh nach e eucoir a th' ann am burraidheachd fhèin. Is e an t-eadar-dhealachadh nuair a tha giùlan eucorach air tachairt, leithid bagairtean, sàrachadh, ana-cainnt labhairteach, ana-cainnt sgrìobhte, ionnsaigh chorporra, graffiti no briseadh na sìthe a chaidh a bhrosnachadh le claon-bhàidh.<sup>76</sup> Tha eucoir-gràin air a mhìneachadh san lagh mar eucoir a tha air a bhrosnachadh le gamhlas no droch-rùn a thaobh dhaoine fa leth air sgàth ciorram, cinneadh, creideamh, taobhadh feise no dearbh-aithne thar-ghnèitheach, no air sgàth 's gu bheil neach a' breithneachadh gu bheil aon de na feartan sin aca. Ann an 2019/20 ann an Alba, bha 3,038 eucoirean-gràin gràin-cinnidh, àrdachadh 4% bhon bhliadhna roimhe<sup>77</sup>. Thathas a' gabhail ris gu farsaing gur e glè bheag de dh'eucoirean-gràin a thèid aithris.

Ann an Alba, tha ro-bheachd an aghaidh casaid eucoir a chur air clann is daoine òga far a bheil sin comasach mura h-eil e gu math a' phobaill. Chaidh seo a dhaingneachadh a-rithist o chionn ghoirid rè Lèirmheas Neo-eisimeileach a' Mhorair Bhracadail air Reachdas Eucoir-gràin<sup>78</sup>. Ged a bha iad ag aithneachadh na h-iom-fhillteachd eadar burraidheachd agus eucoir-gràin, chaidh a cho-dhùnadh nach bu chòir burraidheachd a bhith air a dhèanamh na eucoir fo reachdas eucoir-gràin agus gum bu chòir dèiligeadh ris a' chùis tro phoileasaidh agus cur an gnìomh poileasaidh. Tha an aithisg ag ràdh gum feum eucoir-gràin le clann freagairt ioma-

<https://www.gov.scot/publications/supplementary-guidance-recording-monitoring-bullying-incidents-schools/>  
<sup>75</sup> CRER/Respectme (2019) [A' cur aghaidh ri in-ghabhaltas: A' toirt Dùbhlànn Èifeachdach do Ghràin-cinnidh ann an Sgoiltean'](#)

<sup>76</sup> Comhairle Shaorranach na h-Alba (2020), [Eucoir-gràin gràin-cinnidh agus gràin-creideimh](#)

<sup>77</sup> Seirbheis Oifis a' Chrùin agus Neach-casaid a' Chrùin (2020), [Eucoir-gràin ann an Alba 2019-20](#).

<sup>78</sup> Riaghaltas na h-Alba (2018) [Ath-bhreithneachadh neo-eisimeileachair reachdas eucoir-gràin annan Alba: aithisg dheireannach](#)

bhuidhneach agus gum bu chòir dha cuimseachadh air prògraman atharrachadh giùlain gus nach cuir iad clann is daoine òga tron t-siostam ceartas eucorach. Faodaidh inbhich agus clann is daoine òga comhairle agus stiùireadh iomchaidh a shireadh bho Phoileas Alba ma tha iad a' faireachdainn gun deach eucoir a dhèanamh.

### **Gheibhear fiosrachadh mu bhurraidheachd stèidhichte air claon-bhàidh agus eucoir-gràin an seo.**

#### **Ceistean Beachdail**

- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig a h-uile neach sa choimhearsnachd ionnsachaидh againn air dè a th' ann am burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh?
- Dè an ire 's gu bheil luchd-obrach, pàrantan agus luchd-ionnsachaидh soilleir mu na pròiseasan agus misneachail ann a bhith a' dèiligeadh ri burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh?
- Dè na dòighean-obrach fad-ùine a thathas a' cleachdad agus atharrachadh beachd a thoirt gu buil am measg luchd-ionnsachaидh agus casg a chur air burraidheachd gràin-cinnidh agus tachartasan gràin-cinnidh?

## **9. Buaidh air Slàinte-inntinn**

Faodaidh gràin-chinnidh eadar-phearsanta agus institiuideach droch-bhuaidh a thoirt air slàinte-inntinn. Faodaidh comharran droch-shlàinte inntinn a tha air adhbharachadh le gràin-chinnidh a bhith a' toirt a-steach faireachdainn ìosal, fèin-spèis ìosal, sìor-fhaire, tràma, iomagain agus trom-inntinn. Faodaidh gràin-chinnidh eadar-phearsanta a thachras tric agus buaidh gràin-cinnidh institiuideach uallach adhbharachadh a dh'fhaodadh buaidh fhad-ùine a thoirt air slàinte bodhaige<sup>79</sup> <sup>80</sup>. Faodaidh buaidh gràin-cinnidh air slàinte-inntinn adhbharachadh gu bheil clann is daoine òga a' dealachadh ri foghlam agus faireachdainean às-dùnaidh is aonaranachd.<sup>81</sup>

Tha gràin-chinnidh structarach ag adhbharachadh neo-ionannachd shòisealta-eaconamach air feadh comann-sòisealta na h-Alba. Tha coimhearsnachdan Mion-chinnidh nas buaitiche a bhith a' fulang bochdainn, droch-thoraidhean foghlaim, agus barrachd cion-cosnaidh agus a thighinn an lùib an t-siostam ceartas eucorach, agus dh'fhaodadh barrachd duilgheadais a

<sup>79</sup> AM FOGHLAMAICHE ANA-GRÀIN-CINNIDH (2020), [Gràin-chinnidh - Bagairt air ar Slàinte-inntinn](#)

<sup>80</sup> Shonkoff, J., Slopen, N. agus Williams, D. (2020) 'Cruaidh-chàs annan Leanabachd, Uallach Millteach, agus Buaidh Gràin-cinnidh air Bunait Slàinte' Annual Review of Public Health, 2021

<sup>81</sup> Inntinnean Òga (2021), [Gràin-chinnidh agus slàinte-inntinn](#)

bhith aca seirbheisean proifeasanta iomchaidh fhaighinn.<sup>82</sup> Tha seo cuideachd a' toirt buaidh air slàinte-inntinn agus a' cruthachadh chnapan-starra bho bhith a' faighinn taic.<sup>83</sup>

Tha sgrùdadh càileachdail beag le Intercultural Youth Scotland a' toirt sealladh dhuinn air cùisean co-cheangailte ri gràin-chinnidh agus slàinte-inntinn do dhaoine òga Dubha agus Daoine de Dhath ann an Alba<sup>84</sup>. Tha e a' nochdadhbh a' buaidh gràin-cinnidh air slàinte-inntinn nan daoine òga sin agus tha an duilgheadas aca a bhith a' bruidhinn mun chùis seo ri luchd-obrach teaghlaich no sgoile air a thoirt am follais cuideachd. Dh'fhaodadh e a bhith duilich dhaibh bruidhinn rin teaghlaich mu na faireachdainnean aca air sgàth nàire agus dìth aithne air duilgheadasan slàinte-inntinn ann an cuid de choimhairsnachdan. Bha na bacaidhean air bruidhinn ri luchd-obrach a' toirt a-steach dìth àite sàbhailte airson sin a dhèanamh agus nach robh tachartasan gràin-cinnidh air am meas cudromach le luchd-obrach sgoile agus inbhich eile. Chaidh a thoirt fa-near cuideachd gun robh dùilean cultarail a' toirt droch bhuaidh air slàinte-inntinn cuid de chlann is daoine òga, gu sònraichte feadhainn a rèir gnè, agus leis na dùblain a thaobh a bhith a' rèiteachadh dearbh-aithne agus a bhith nan in-imrichean an dàrna no an treas ginealaich. Tha an aithisg seo cuideachd a' comharrachadh grunn chnapan-starra a thaobh a bhith a' dol an sàs le seirbheisean slàinte-inntinn.

Le bhith a' casg agus a' freagairt ri buaidh gràin-cinnidh air slàinte-inntinn feumar leasachadh leantainneach air àrainneachd sgoile a tha sàbhailte agus spèiseil anns a bheil co-ionannachd cinnidh agus ana-gràin-cinnidh air fhighe tron churraicealam agus gach taobh de shiostam na sgoile. Tron phròiseas eadar-theachd ceumnaichte iarraidh luchd-obrach taic airson luchd-ionnsachaидh a dh'fheumas taic ioma-bhuidhneach. Feumar dèiligeadh gu ceart ri tachartasan agus aithrisean gràin-cinnidh oir faodaidh freagairt a tha fiosraichte le ciùrradh-inntinn ann an deagh àm ri aithris air droch-dhiol no tachartas cuideachadh le bhith a' lasachadh cuid de na buaidhean air slàinte-inntinn.<sup>85</sup> Bu chòir àiteachan sàbhailte dionta a bhith aig an sgoil agus bu chòir an luchd-obrach uile a bhith air an trèanadh ann a bhith a' toirt taic dhaibhsan a dh'fhuiling gràin-chinnidh. Faodaidh buidhnean coimhairsnachd iomchaidh taic a thoirt do seo. Beachdaich cuideachd air na siostaman taice a tha ann do luchd-ionnsachaидh a tha ann an cunnart gràin-cinnidh agus a bheil taic slàinte-inntinn mar phàirt de na siostaman sin. Is dòcha gum biodh e feumail cuideachd àiteachan fiosageach agus air loidhne a dhealbhadh, leithid clubaichean ana-gràin-cinnidh, coltach ri cafaidhean LGBTQ+. Tha àiteachan sàbhailte ann an clasaichean agus air feadh coimhairsnachd na sgoile deatamach airson a bhith a' lùghdachadh droch-bhuaidh uallaich co-cheangailte ri cinneadh agus ciùrradh-inntinn air adhbharachadh le gràin-chinnidh.

<sup>82</sup> Coimisean Co-ionannachd is Còraichean Daonna 2016) [A' Slànochadh Breatainn Sgarraichte: am feum air ro-innleachd co-ionannachd cinnidh iomlan.](#)

Mermon A., Taylor K., Mohebati L.M et al. (2016) Bacaidhean beachdail air faighinn gu seirbheisean slàinte-inntinn am measg choimhairsnachdan dubha agus mion-chinnidh (BME): sgrùdadh càileachdail ann an ear-dheas Shasainn. BMJ Fosgailte 2016

<sup>83</sup> Co-bhanntachd airson Co-ionannachd Cinnidh agus Còraichean (2020), [CINNIDHEACHD AGUS BOCHDAINN ANN AN ALBA](#)

<sup>84</sup> [Inter-cultural Youth and Assan, T. 'Ag innse ar Beachdan: Buaidh Cinnidh is Gràin-cinnidh air Daoine Dubha Òga agus Daoine de Dhath Òga air Feumalachdan Slàinte-inntinn na h-Alba'](#)

<sup>85</sup> Stèidheachd Slàinte-inntinn (2021), [Coimhairsnachdan Dubha, Àisianach agus Mion-chinnidh \(BAME\)s](#)

Tha e cudromach tuigsinn gum faodadh gràin-chinnidh ann an ionadan foghlaim droch-bhuaidh a thoirt air slàinte-inntinn luchd-obrach Mion-chinnidh. Lorg aithisg Riaghaltas na h-Alba<sup>86</sup> ‘Teagasg ann an Alba eadar-mheasgte: a’ cur am meud agus a’ cumail tidsearan Mion-chinnidh’ gu bheil tidsearan mion-chinnidh a’ fulang gràin-chinnidh agus leth-bhreith san àite-obrach a’ toirt a-steach beachdan gràin-cinnidh agus cànan luchd-obrach, phàrantan agus sgoilearan. Thug e fa-near gu bheil ‘Fuiling gràin-cinnidh aig ìre ìosal gu làitheil ann an suidheachadh sgoile a’ toirt buaidh air sunnd, misneachd agus fèin-spèis neach (Riaghaltas na h-Alba 2018, Td.16)

### Ceistean Beachdail

- A bheil luchd-obrach misneachail, ciùrradh-inntinn fiosraichte agus air an trèanadh ann a bhith a’ dèiligeadh gu h-èifeachdach ri aithrisean burraidheachd no droch-dhìol gràin-cinnidh?
- Dè na h-àiteachan sàbhailte a chaidh a stèidheachadh ann an ionadan airson luchd-ionnsachaидh agus luchd-cleachdaidh Mhion-chinnidh?
- A bheil slighean gu taic fhaighinn follaiseach do luchd-ionnsachaيدh agus luchd-cleachdaidh a tha air gràin-chinnidh fhuiling?
- Ciamar a bhios ionadan a’ brosnachadh cultar de spèis agus sàbhailteachd don luchd-ionnsachaيدh uile?
- A bheil an luchd-obrach uile mothachail air [cothroman](#) gus taic a thoirt do shlàinte-inntinn?
- Dè an taic a tha ri fhaighinn do luchd-obrach a tha a’ freagairt ri burraidheachd/droch-dhìol gràin-cinnidh?

Gheibhear fiosrachadh mu bhuaidh gràin-cinnidh air slàinte-inntinn [an seo](#).

## 10. Comas-cosnaidh agus Leasachadh an Sgioba-obrach Òig

Faodaidh cnapan-starra mòra a bhith ro luchd-ionnsachaيدh Mhion-chinnidh a’ faighinn gu saoghal na h-obrach agus chan eil riochdachadh gu leòr aca ann an cuid de chothroman cosnaidh, foghlaim is trèanaidh. Tha Ro-innleachd Cosnaidh Òigridh na h-Alba, Leasachadh an Sgioba-obrach Òig<sup>87</sup> a’ toirt fa-near nach bheil daoine òga bho choimhearsnachdan mion-chinnidh na h-Alba a’ tòiseachadh air uiread de shligheachan na òigridh bhon t-sluagh gu h-iomlan agus nas dualtaiche cion-cosnaidh fhuiling.

---

<sup>86</sup> Riaghaltas na h-Alba (2018) [‘Teagasg ann an Alba eadar-mheasgte: a’ cur am meud agus a’ cumail tidsearan Mion-chinnidh’](#)

<sup>87</sup> Riaghaltas na h-Alba(2014), [Leasachadh an Sgioba-obrach Òig: Ro-innleachd Cosnaidh Òigridh na h-Alba](#)

Tha an t-Ath-bhreithneachadh Fianais Co-ionannachd<sup>88</sup> a' nochdad gu bheil daoine bho choimhearsnachdan Mion-chinnidh buailteach a bhith a' dèanamh gu math san sgoil agus a' dol air adhart gu foghlam àrd-ìre ann an àireamhan nas mothà na an còrr den t-sluagh. Ach, gu tric chan eil na coileanaidhean sin air an nochdad ann an toraidhean na margaidh-obrach an dà chuid a thaobh fastadh agus droch-eòlasan san àite-obrach. B' e leth-bhreith am priomh adhbhar a chaidh a chomharrachadh.

Tha co-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh a' thoirt cothrom dhuinn buaidh a thoirt air fhastaichean agus luchd-obrach an ama ri teachd agus grain-chinnidh san àite-obrach a lùghdachadh. Faodaidh e cuideachd taic a thoirt don amas leudachadh a dhèanamh air na slighean air a bheil daoine òga mion-chinnidh agus am pàrantan a' beachdachadh. Faodaidh seo töiseachadh aig Tràth-ìre nuair a chì clann riochdairean bho mhion-chinnidhean ann an raon dhreuchdan. Bu chòir do luchd-dreuchd a bhith for-ghniomhach ann a bhith a' brosnachadh phàrantan agus luchd-ionnsachaidh gus beachdachadh air an raon de roghainnean a tha rim faighinn.

### **Gheibhear fiosrachadh mu cho-ionannachd cinnidh agus comas-obrach agus Leasachadh an Sgioba-obrach Òig [an seo](#).**

#### **Ceistean Beachdail**

- A bheil na feartan dionta uile air an riochdachadh gu co-rèireach?
- A bheil thu air a h-uile seòrsa obair a dheasbad agus a riochdachadh ann an dòigh a tha a' cur dùblan ri gnàth-iomhaighean agus a' leudachadh bheachdan mu na slighean luchd-ionnsachaidh a tha rim faighinn?
- Dè cho math 's a tha an t-ionad agad a' sealltainn daoine Mion-chinnidh air an riochdachadh ann an raon farsaing de dhreuchdan agus ìrean ceannais?
- A bheil thu air fhaighneachd do dhaoine òga a bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad air an riochdachadh?  
A bheil thu air gnìomhan iomchaidh a chur an sàs mar fhreagairt do beachdan a fhuair thu air ais?
- Dè an ìre 's gu bheil cothrom aig a h-uile neach-ionnsachaidh sgrùdadadh a dhèanamh air raon farsaing de shlighean is dreuchdan luchd-ionnsachaidh nach eil air an cuingealachadh a rèir ghnàth-iomhaighean no claon-bheachd gun fhiosta?
- Dè cho math 's a tha thu a' seòrsachadh dàta a rèir cinnidheachd gus mion-sgrùdadadh agus dealbhadh a dhèanamh airson a bhith a' lasachadh fo-riochdachadh dhaoine òga mion-chinnidh ann an slighean sònraichte gu cosnadh (m.e. Preantasachdan Ùra)?
- An deach ionnsachadh proifeasant a thabhann do chomhairlichean dhreuchdan agus luchd-obrach stiùiridh ann an co-ionannachd cinnidh agus lasachadh claon-bheachd (gun fhiosta agus làn-fhiosta)?


---

<sup>88</sup> Leasachadh Sgilean na h-Alba (2021) '[Ath-bhreithneachadh Fianais Co-ionannachd](#)'

## Pàipear-taice 1 Co-chuid de Bhuidhnean Mion-chinnidh a rèir deichead SIMD

Sheall cunntas-sluaign 2011 gu bheil 28% de bhuidhnean Afraganach, 17% de Charibbean, 12% de Bhuidhnean Geala Eile agus 12% de bhuidhnean Àisianach Eile a' fuireach anns na sgìrean as bochda an coimeas ri 10% de shluagh Geal na h-Alba<sup>89</sup>. Tha aithisg adhartais bochdainn cloinne Riaghaltas na h-Alba (2020)<sup>90</sup> a' sealltann gu bheil ìrean bochdainn ag èirigh airson teaghlaichean mion-chinnidh Albannach: Bha 44% de chlann ann an teaghlaichean mion-chinnidh a' fuireach ann am bochdainn choimeasach, àrdachadh 4% bho 2015-18. Chaidh na neo-ionannachdan sòisio-eaconamach sin a chomharrachadh mar adhbhar airson buaidh neo-chothromach COVID-19 air coimhlearsnachdan Mion-chinnidh. Mar thoradh air sin, tha coltas ann gum bi a' bhuaidh neo-chothromach seo a' cur am miosad na neo-ionannachdan sòisio-eaconamach a tha ann mu thràth.<sup>91</sup>

Cairt 1.23: Co-chuid de gach Buidheann Chinnidheach anns gach deichead SIMD, 2011



<sup>89</sup> Oilthigh Manchester (2014) 'Cruinn-eòlas bochdainn is iomadachd ann an Glaschu'

<sup>90</sup> Riaghaltas na h-Alba (2020), [A' dèiligeadh ri bochdainn chloinne: aithisg adhartais na dàrna bliadhna \(2019-2020\)](#)

<sup>91</sup> Quereshi.K., Meer. N., Kasstan. B., Hill. S., Hill. E.(2020) '[Cur a-steach Fianais air Buaidh Neo-chothromach COVID-19 air Mion-chinnidhean annan Alba](#)'

## Pàipear-taice 2 Cinnidheachd Sgoilearan

Clàr 1.10: Cinnidheachd sgoilearan, 2019 {1.2}

	Boirean	Firea	Iomlan
Geal - Albannach	267,282	276,959	544,241
Geal - Eile	30,999	32,292	63,291
Geal - Siopsach/Neach-	668	719	1,387
Geal - Pòlainneach	7,614	8,067	15,681
Geal - Éireannach	739	753	1,492
Measgaichte	5,080	4,986	10,066
Àisianach - Innseanach	3,237	3,361	6,598
Àisianach - Pagastànoch	6,897	7,204	14,101
Aisianach -	600	595	1,195
Àisianach - Sionach	2,156	2,171	4,327
Àisianach - Eile	2,090	2,118	4,208
Caribbeanach/Dubh	624	674	1,298
Afragach	4,277	4,273	8,550
Arabach	1,588	1,847	3,435
Eile	1,972	2,109	4,081
Chan eil fhios/cha deach innse	6,692	7,225	13,917
Iomlan	342,515	355,353	697,868

(1) Chan eil data a' toirt a-steach sgoilearan stèidhichte aig sgoilean speisealta a gheibh taic tabhartais oir chan eil data cinnidheachd air a chruinneachadh dhaibh.

(2) Tha roinnean cùl-raon cinnidheach stèidhichte air an fheadhainn a chaidh a chruinneachadh ann an

## Pàipear-taice 3 Inbhean proifeasanta do Thidsearan ann an Alba

Tha mòran de na luachan proifeasanta a tha air am mìneachadh anns na h-Inbhean Proifeiseanta airson tidsearan buntainneach do cho-ionannachd cinnidh agus foghlam ana-gràin-cinnidh. Mar eisimpleir,

Dealas airson ceartas sòisealta tro phoileasaidhean agus chleachdaidhean cothromach, follaiseach, inghabhaltach agus seasmhach a thaobh feartan dionta, (aois, ciorram, ath-shònachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas agus màthaireachd, cinneadh, creideamh, gnè, taobhadh feise) agus iom-fhillteachd:

A' cur luach, a bharrachd air spèis, ann an iomadachd sòisealta, eag-eòlasach, cultarail, creideimh agus cinnidh agus a' brosnachadh phrionnsapalan agus cleachdaidhean leasachadh seasmhach agus saoranachd ionadail agus cruinneil airson gach neach-ionnsachaidh.

A' nochdadhbhòid dealas airson a bhith a' brosnachadh, agus a' toirt a-steach gach neach-ionnsachaidh, a' tuigsinn buaidh cùl-raon gnè, sòisealta, cultarail, cinnidh, eitneach, creideimh agus eaonamach air eòlasan ionnsachaidh, a' toirt aire do dh'fheumalachdan ionnsachaidh sònraichte agus a' feuchainn ri cnapan-starra air ionnsachadh a lùghdachadh.<sup>92</sup>

### Luchd-dreuchd Ionnsachadh is Leasachadh Coimhleasachadh.

Tha luchd-dreuchd Ionnsachadh is Leasachadh Coimhleasachadh dealasach a thaobh luach inghabhaltais 'a' cur luach air co-ionannachd cothroim agus toraidh, agus a' toirt dùbhlan do chleachdadh leth-bhreitheach'<sup>93</sup>

### Luchd-dreuchd Tràth-bhliadhnaichean agus Cùram-cloinne

Tha luchd-obrach tràth-bhliadhnaichean agus Cùram-cloinne a' gealltann 'in-ghabhalachd, iomadachd, ceartas sòisealta, ana-leth-bhreith agus dòn agus cùram do chlann is daoine òga'

<sup>94</sup>

<sup>92</sup> GTCS (2021) 'An Inbhe airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd: Inbhe proifeasanta Àrd-mhiannach airson Tidsearan na h-Alba'

<sup>93</sup> Luachan SCS Leasachadh Fad-dreuchd (2021) <https://clstandardscouncil.org.uk/resources/values-of-cld/>

<sup>94</sup> Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba, An Inbhe airson

Cleachdadh Leabharachd (2015), <https://www.stepintoleadership.info/assets/pdf/2015-Standard-for-Childhood-Practice.pdf>

## Pàipear-taice 4 Amasan airson Foghlam anns an Fhrèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh<sup>95</sup>

Ar priomh amasan:

- Tha dòighean-obrach ùr-ghnàthach, in-ghabhaltach agus èifeachdach a thaobh foghlam (ge brith tro theagasc no taic sgoilearan) a tha a' toirt aire do dh'fheumalachdan agus eòlasan fa leth sgoilearan anns a h-uile buidheann cinnidh stèidhichte air feadh siostam foghlaim na h-Alba.
- Tha sgoilearan mion-chinnidh a' faighinn stiùireadh mu dhreuchdan a chuidicheas le bhith a' leasachadh gluasad gu cosnadh agus a' dèiligeadh ri sgaradh dreuchdail a thaobh cinneadh.
- Tha misneachd aig sgoilearan Mion-chinnidh ann an dòighean-obrach sgoiltean gus bacadh agus freagairt a thoirt do bhurraidheachd stèidhichte air claon-bhreith agus giùlan no tachartasan gràin-cinnidh.
- Tha luchd-foghlaim na h-Alba misneachail agus air an cumhachdachadh gus co-ionannachd adhartachadh, deagh dhàimhean a bhrosnachadh agus a bhith a' bacadh agus a' dèiligeadh ri gràin-chinnidh.
- Tha sgioba-obrach foghlaim na h-Alba a' nochdadh iomadachd nan coimhearsnachdan aice nas fheàrr.
- Bidh daoine bho Mhion-chinnidhean a' faighinn thoraidhean nas fheàrr ann a bhith a' crìochnachadh foghlam adhartach agus àrd-ìre, agus ann a bhith a' gluasad chun na margaidh-obrach às dèidh a chrìochnachadh.

---

<sup>95</sup> [Frèam-obrach Co-ionannachd Cinnidh airson na h-Alba 2016-30'](#)

## Pàipear-taice 5 Beachdachadh air dealbhadh is lìbhrigeadh airson foghlam ana-gràin-cinnidh

(Stèidhichte air sgrùdadh rannsachaidh le CRER)

### Dealbhadh

- Bithear a' tabhann raon de ghnìomhachd is ionnsachadh gu cunbalach thar ùine, seach mar sheisean aon uair.
- Tha gnìomhan ionnsachaidh air an dealbhadh gus cuimseachadh air co-obrachadh. Tha clann agus daoine òga is dòcha nach àbhaist a bhith a' cluich no a' conaltradh le chèile a' faighinn cothrom a bhith ag obair còmhla.
- Tha susbaint air a thaghadh gu faiceallach gus obair, guthan agus eòlasan luchd-smaoineachaidh, sgrìobhadarean agus luchd-foghlaim Mion-chinnidh a ghabhail a-steach.
- Thathas a' gabhail cùram gu bheil susbaint a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gu bheileas a' toirt spèis dhaibh agus gan gabhail a-steach.
- Tha luchd-ionnsachaidh an sàs ann an dealbhadh far a bheil sin iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil priomhachas ga chur air shunnd. Mar eisimpleir, nuair a thathar a' dealbhadh leasan air co-ionannachd cinnidh, dh'fhaodadh gum biodh e feumail bruidhinn gu prìobhaideach ri luchd-ionnsachaidh Mion-chinnidh ro làimh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad eòlach air an t-susbaint agus gu bheil iad a' faireachdainn cofhurtail leis.
- Thathar a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' meòrachadh air mar as urrainn don ionnsachadh aca buaidh mhath a thoirt air coimhleasachd na sgoile agus taobh a-muigh na sgoile

### Lìbhrigeadh

- Bithear a' toirt seachad teachdaireachdan soilleir mu cho-ionannachd do luchd-ionnsachaidh. Tha iad sin simplidh agus air an ath-aithris gu cunbalach.
- Tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn taic gus am beachdan a chur an cèill tro phròiseasan smaoineachail a tha a' toirt a-steach mìneachadh agus meòrachadh.
- Thathas a' brosnachadh agus a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh gus am pàirt fa leth a thuigsinn ann an dùbhlann a thoirt do ghràin-chinnidh. Tha seo a' toirt a-steach an cuideachadh le bhith a' leasachadh innealan gus gràin-chinnidh a sgrùdadh agus freagairt a thoirt dha agus gus comharrachadh ciamar a tha gràin-chinnidh ann an comann-sòisealta na h-Alba, a' toirt a-steach institiudan.
- Thathas ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh rannsachadh mar a tha a h-uile duine nan neach fa leth agus nach eil duine a' buntainn ri dìreach 'aon bhuidheann' a-mhàin, sin, cinneadh, taobhadh feise, gnè msaa.

- Tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn taic gus meòrachadh air am beachd fhèin mun deidhinn fhèin mar cuideigin moralta agus reusanta agus sin a chur an coimeas ri mì-chothromachd claoen-bhàidh agus leth-bhreith cinnidh. Tha seo leis an aideachadh gu bheil claoen-bheachdan aig a h-uile duine agus gun urrainn dhuinn a bhith ag obair air seo an-còmhnaidh.
- Bithear a' toirt dùbhlan do chlaon-bhàidh cinnidh gu faiceallach agus gu cunbalach nuair a nochdas e.
- Tha fiosrachadh àicheil air a sheachnad m.e. cur air adhart beachd millteach son deasbad a thòiseachadh, cur sìos air beachdan stèidhichte air claoen-bhàidh ach aig an aon àm gan ath-aithris.
- Tha a bhith ag obair le co-fhaireachdainn agus a' coimhead an t-saoghal bho shealladh chàich gu cunbalach air a mhodaileadh agus a' faighinn taic.
- Tha gnìomhan agus susbaint a tha a' nochdad fìrinn leth-bhreith cinnidh air a chothromachadh le feadhainn a tha a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair airson ceartas cinnidh. Bu chòir ana-gràin-chinnidh for-ghníomhach a bhith ga thaisbeanadh mar an àbhaist.
- Bu chòir cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh a bhith a' meòrachadh air an dàimh aca ri cumhachd sa chomann-shòisealta. Tha seo a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh bho bhuidhnean mòr-chuid a bhith a' tuigsinn nach eil an t-eòlas beatha aca uile-choitcheann agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh cinnidh a' faireachdainn gu bheil iad air am faicinn. Tha e bunaiteach a bhith a' cumail guthan nan daoine as iomallaiche aig meadhan na h-obrach seo.
- Faodar a h-uile rud gu h-àrd a chuideachadh le com-pàirteachadh coimhearsnachd agus taic eòlach bho bhuidhnean coimhearsnachd far an gabh sin dèanamh.
- Bu chòir a h-uile rud gu h-àrd a bhith a' faighinn taic bho phoileasaidhean làidir a tha air an deagh chonaltradh airson dèiligeadh ri tachartasan gràin-cinnidh.